

A' leasachadh gach turas



Plana lìbhrigidh
Plana air stiùireadh
àrainneachdail

Foillsichte 31^{mh} Màrt 2026





Clàr-innse

Foir-shealladh plana air stiùireadh àrainneachdail	3
Plana airson freagairt ri tuiteamas truailidh	8
Plana manaidseadh sgudail	12
Poileasaidh solarachadh so-sheasmhach	18
Plana siubhail uaine	22
Plana manaidseadh lùtha	27
Plana beag-charboin	31
Plana Manaidseadh Càileachd Adhair	34
Plana Manaidseadh Eag-eòlais	38
Plana Eaconamaidh Chearcallach	44
Plana Ath-sheasmhachd Sìde agus Freagarrachadh don Ghnàth-shìde	48
Plana Aithriseadh agus Coileanadh Àrainneachdail	52
Plana Lùghdachadh Sgudail	55



Roinn 1

Foir-shealladh plana air stiùireadh àrainneachdail

Geàrr-chunntas gnìomhach

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air seirbheisean aiseig a libhrigeadh a tha sàbhailte, so-sheasmhach agus cunntasach a thaobh na h-àrainneachd thar costa an iar na h-Alba. Tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail seo (EMP) a' cur an cèill an dòigh-obrach san fharsaingeachd againn a thaobh stiùbhardachd àrainneachdail thar lìonra nan Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (CHFS3).

Tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail (EMP) ag obair mar phlana pàrant, a' toirt seachad am frèam-obrach ro-innleachdach airson mar a tha sinn a' làimhseachadh uallaichean àrainneachdail, a' gèilleadh ri reachdas, a' lùghdachadh bhuidhean agus a' putadh air adhart leasachadh leantainneach. Fon phlana pàrant seo, tha sreath de fo-phlanaichean mionaideach, gach aon dhiubh a' dèiligeadh ri cuspair àrainneachdail sònraichte. Còmhla, tha na co-phàirtean seo a' cruthachadh siostam stiùiridh àrainneachdail ioma-chuimseach agus co-òrdanaichte a tha a' toirt taic do dh'obraichean latha-gu-latha agus amasan fad-ùineach airson so-sheasmhachd.

Tro riaghlachas soilleir, uallaichean air an sònrachadh agus monataireachd ghnìomhach, bidh am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail (EMP) a' dèanamh cinnteach gum bi sinn a' dìon na h-àrainneachd nàdarra, a' lùghdachadh eimiseanan, a' toirt taic do bhith-iomadachd agus a' coileanadh duilean luchd-ceannaich, choimhearsnachdan agus riaghlaidhean. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phlana gu cunbhalach mar thoradh air reachdas ùr, deagh chleachdadh nodha agus feumalachdan obrachaidh atharrachail.

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn ag obrachadh ann an cuid de na h-àrainneachdan mara is costail as fhrionasaiche ann an Alba, agus tha sinn ag aithneachadh ar dleastanas a bhith a' stiùireadh bhuidhean àrainneachdail le cùram, trìd-shoilleireachd agus leasachadh leantainneach. Tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail seo (EMP) a' toirt seachad frèam-obrach pàrant airson mar a tha sinn a' coileanadh ar dleastanasan àrainneachdail agus mar a tha breithneachaidhean àrainneachdail air an leapachadh thar a h-uile raoin sna h-obraichean againn.

Tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail (EMP) a' cur an cèill an dòigh-obrach feadh na buidhne againn a thaobh riaghlachas àrainneachdail, gèilleadh, cumail sùil air coileanadh agus stiùireadh chunnartan. Tha e cuideachd a' stèidheachadh an structair sam faighear sreath de fo-phlanaichean cuspaireil. Tha na fo-phlanaichean seo a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air na h-ullachaidhean, gnìomhan agus modhannan airson raointean sònraichte leithid sgudal, lùths, eag-eòlas, càileachd adhair, freagarrachadh gnàth-shìde agus freagairt ri truailleadh.

Le bhith a' toirt nan eileamaidean seo còmhla fo aon phlana pàrant, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil co-chòrdalachd, co-thaobhadh agus soilleireachd ann thar gnìomhachdan àrainneachdail uile. Tha an structar seo a' toirt taic do cho-dhùnaidhean cunntasach, libhrigeadh co-òrdanaichte agus aithriseadh trìd-shoilleir, gar comasachadh a bhith a' dìon na h-àrainneachd agus a' toirt taic



do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh fhad 's a tha sinn a' libhrigeadh sheirbheisean aiseig earbsach, sàbhailte.

Tha stiùireadh àrainneachdail na uallach co-roinnte thar Chaledonian Mac a' Bhriuthainn. Tha dreuchd aig a h-uile neach-obrach, cùmhnantaiche agus com-pàirtiche ann a bhith a' ro-chasg truailleadh, a' lùghdachadh eimiseanan, a' toirt taic do bhith-iomadachd agus a' cleachdadh ghoireasan gu cunntasach. Tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail (EMP), le taic bho na fo-phlanaichean aige, a' toirt seachad am frèam-obrach agus uidheaman gus ar cuideachadh a bhith a' dèanamh seo gu h-èifeachdach.

2. Poileasaidh àrainneachdail

Aig Caledonian Mac a' Bhriuthainn, tha sinn ag aithneachadh ar dleastanas a bhith a' dìon nan àrainneachdan air leth sa bheil sinn ag obrachadh agus a bhith a' lùghdachadh buaidh nan gnìomhachdan againn thar costa an iar na h-Alba. Tha am Poileasaidh Àrainneachdail againn a' cur an cèill ar gealltanais a bhith a' stiùireadh nan obrachaidhean againn ann an dòigh a tha so-sheasmhach, gèilleach agus a' co-thaobhadh ri feumalachdan fad-ùine nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Tha sinn an geall air eimiseanan a lùghdachadh, truailleadh a ro-chasg, bith-iomadachd a dhìon agus goireasan a chleachdadh gu h-èifeachdach thar nan soithichean, nam port agus nan goireasan cladaich againn. Tha na gealltanais seo a' buntainn ris a h-uile duine a tha ag obair do no às leth Chaledonian Mac a' Bhriuthainn, agus tha sinn an dùil, agus a' toirt seachad taic dha rèir, gum bi a h-uile neach-obrach againn a' cumail suas libhrigeadh nan amasan àrainneachdail againn agus a' cumail suas na h-inbhean a tha air an cur an cèill sa phoileasaidh seo.

Tha na gealltanais àrainneachdail againn air an togail timcheall nam prionnsapalan a leanas:

- **A' brosnachadh leasachadh leantainneach agus a' ro-chasg truailleadh** tro bhith a' stèidheachadh amasan, a' cumail sùil air coileanadh agus a' cur an gnìomh deagh chleachdaidhean àrainneachdail.
- **A' dèanamh cinnteach à gèilleadh laghail** le bhith a' dlùth-leantainn ri reachdas, riaghailtean agus inbhean àrainneachdail, le taic bho sgrùdaidhean agus lèirmheasan.
- **A' lùghdachadh buaidh àrainneachdail** thar obrachaidhean uile le bhith a' piseachadh cleachdadh ghoireasan, a' lùghdachadh sgudal agus a' leapachadh so-sheasmhachd ann an solarachadh.
- **A' meudachadh mothachadh àrainneachdail** tro thrèanadh luchd-obrach, conaltradh soilleir air poileasaidh agus amasan air feadh na buidhne. Agus, a bharrachd air com-pàirteachadh le com-pàirtichean àrainneachdail, a' cumail sùil air agus a' co-roinn fiosrachadh ceangailte ri bith-iomadachd thar an lìonraidh.
- **A' nochdadh cunntasachd** tro sgrùdaidhean cunbhalach, ath-sgrùdaidhean coileanaidh agus aithriseadh trid-shoilleir gus leasachadh leanailteach a phutadh air adhart.

Tha am Poileasaidh Àrainneachdail againn a' toirt taic do na h-ullachaidhean, gnìomhan agus monataireachd a thathar a' cur an cèill sa Phlana air Stiùireadh Àrainneachdail seo. Thathar ga ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gum mair e làithreach, èifeachdach agus co-chòrdail ri dùilean àrainneachdail atharrachail, tuigse shaidheansail agus riatanasan reachdail.



Le bhith a' leapachadh prionnsapalan a' phoileasaidh seo ann an co-dhùnaidhean làitheil, tha sinn ag amas air obrachadh ann an dòigh a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean lin-bheatha earbsach fhad 's a thathar a' dìon na h-àrainneachd an-dràsta agus airson nan ginealaichean ri teachd.

3. Gèilleadh ri reachdas àrainneachdail

Tha Caledonian Mac a' Bhriutainn an geall air coileanadh an reachdais is riaghailtean àrainneachdail uile, a bharrachd air riathanasan reachdail eile, a tha a' buntainn ris na h-obrachaidhean againn thar lìonra Chluaidh agus Innse Gall. Tha gèilleadh aig teas-meadhan mar a tha sinn a' dìon àrainneachd na mara is nan costaichean agus mar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean aiseig againn sàbhailte, cunntasach agus so-sheasmhach.

Tha na h-ullachaidhean againn a thaobh gèilleadh a' dèiligeadh ri gnìomhachdan an dà chuid air a' chladach agus aig muir agus tha iad a' faighinn taic bho riaghlachas soilleir, comhairle iomchaidh agus le bhith a' cumail sùil gu cunbhalach air coileanadh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil dleastanasan laghail air an tuigsinn le sgiobaidhean obrachaidh agus air an leapachadh a-steach gu co-dhùnaidhean làitheil.

Clàr lagha àrainneachdail agus frèam-obrach gèillidh

Gus marasgladh iomlan a chumail air na dleastanasan laghail againn, tha sinn ag obrachadh Clàr Lagha Àrainneachdail (ELR).

Clàr Lagha Àrainneachdail (ELR)

Tha an Clàr Lagha Àrainneachdail (ELR) a' toirt seachad clàr ioma-chuimseach, a tha air ath-ùrachadh gu cunbhalach, de reachdas, riaghailtean, còdan-obrachaidh agus cùmhnantan àrainneachdail a tha buntainneach do na h-obrachaidhean againn. Tha e a' gabhail a-steach dleastanasan reachdail a thaobh:

- Ro-chasg truailleadh.
- Manaidseadh sgudail agus ghoireasan.
- Dìon na mara agus bith-iomadachd.
- Càileachd adhair agus eimiseanan.
- Stuthan is ceimigean cunnartach.
- Èifeachdas lùtha agus dleastanasan gnàth-shide.
- Gèilleadh mara a thaobh na Rìoghachd Aonaichte agus Buidheann Eadar-nàiseanta na Mara (IMO).

Tha an Clàr Lagha Àrainneachdail (ELR) a' toirt taic do ghèilleadh obrachaidhean le bhith a' toirt geàrr-chunntas air an reachdas a tha a' buntainn ri gach pàirt den ghnòthachas againn agus le bhith a' comharrachadh cheadan, aontaidhean is cheadachdan ceangailte.

Frèam-obrach Gèillidh

Tha am frèam-obrach gèillidh againn a' dèanamh cinnteach gu bheil riathanasan laghail gan cur an gnìomh gu h-èifeachdach thar shoithichean, phort agus fhoincseanan taiceil. Tha e a' gabhail a-steach:



- Amalachadh nan dleastanasan laghail ann am poileasaidhean, modhannan agus leabhraichean-làimhe obrachaidh.
- A' cumail sùil gu cunbhalach air dè tha air fàire a thaobh atharrachaidhean reachdail.
- Cothrom air ealanatas teisteanach a thaobh na h-àrainneachd agus na mara.
- Dearbhaidhean is sgrùdaidhean gèillidh air an gabhail a-steach san t-Siostam stiùiridh Àrainneachdail againn.
- Riaghlachas soilleir agus slighean for-àrdachaidh airson neo-rèireachasan sam bith.

Tha am frèam-obrach structaraichte seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a' glèidheadh, a' cumail sùil air agus a' neartachadh gèilleadh gu leantainneach.

Gèilleadh reachdail

Tha dòigh-obrach fhor-ghnìomhach againn a thaobh gèilleadh reachdail, a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile riatanas àrainneachdail a tha buntainneach ga nochdadh ann an cleachdadh obrachaidh.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' leantainn a h-uile riatanas buntainneach a thaobh MARPOL, luingeas marsanta agus reachdas àrainneachdail.
- A' cumail suas ceadachdan, ceadan agus ùghdarrachaidhean àrainneachdail làithreach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil dòcamaideadh shoithichean agus taobh a' chladaich co-chòrdail ri dleastanasan laghail.
- A' cumail sùil air gèilleadh tro sgrùdaidhean, rannsachaidhean agus uidheaman aithrisidh.
- Ag obair gu dlùth le Buidhean Dìon Àrainneachd na h-Alba (SEPA), Cùisean Mara na h-Alba, Buidheann-ghnìomha na Mara is nam Maor-chladaich (MCA) agus ùghdarrasan ionadail.
- Ag aithris air tuiteamasan, neo-gèilleadh agus gnìomhan ceartachaidh tro sheanailean sònraichte.

Thathar an dùil gum bi a h-uile neach-obrach a' tuigsinn nan dleastanasan àrainneachdail a tha buntainneach don dreuchd aca agus a' gèilleadh ri na modhannan a th' ann.

Leasachadh leantainneach

Tha dòigh-obrach leasachaidh leantainneach againn a thaobh gèilleadh àrainneachdail, a' dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman againn ag atharrachadh ann an co-rèir ri atharrachaidhean ann an reachdas, deagh chleachdadh agus ionnsachadh obrachaidh.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- Ath-sgrùdaidhean is ath-ùrachaidhean cunbhalach air a' Chlàr Lagha Àrainneachdail.
- A' corpachadh leasain ionnsaichte bho sgrùdaidhean, rannsachaidhean agus tuiteamasan.
- Ag ath-ùrachadh mhodhannan agus smachdan gus riatanasan ùra laghail no riaghailteach a nochdadh.



- A' conaltradh le riaghlaichean agus buidhnean gnìomhachais gus am faod sinn cumail oirnn a bhith a' co-thaobhadh ri deagh chleachdadh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' faighinn trèanadh ath-ùraichte agus stiùireadh air riatanasan gèillidh.

Le bhith a' sìor-leasachadh an fhrèam-obrach gèillidh againn, tha sinn a' dèanamh cinnteach gum mair na h-obrachaidhean againn laghail, cunntasach agus a' co-thaobhadh ri dùilean nan coimhearsnachdan is luchd-ùidhe a tha sinn a' frithealadh.

4. Co-dhùnadh

Tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail seo a' toirt seachad am frèam-obrach ro-innleachdach aig ìre pàrant airson mar a tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn a' stiùireadh dhleastanasan àrainneachdail thar an lionraidh CHFS3. Tha e a' cur an cèill na gealltanasan againn a thaobh gèilleadh laghail, dìon àrainneachdail, gnìomh gnàth-shìde agus leasachadh leantainneach.

Tha na fo-phlanaichean taiceil a' toirt seachad na ceuman obrachaidh làitheil a tha a dhìth gus na gealltanasan seo a libhrigeadh bho latha gu latha. Còmhla, tha am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail pàrant (EMP) agus na fo-phlanaichean aige a' toirt seachad siostam stiùiridh àrainneachdail iomlan a tha air a dhealbhadh a bhith a' dìon na h-àrainneachd, a' toirt taic do shunnd na coimhearsnachd agus a' dèanamh cinnteach gum mair na seirbheisean aiseig againn ath-sheasmhach, sàbhailte agus so-sheasmhach.

Bidh sinn a' cumail oirnn ag ath-sgrùdadh agus ag ath-ùrachadh a' phlana seo gus reachdas atharrachail, tuigse shaidheansail agus dùilean coimhearsnachd a nochdadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh ar n-uallaichean an-diugh agus san àm ri teachd.



Roinn 2

Plana airson freagairt ri tuiteamas truailidh

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air truailleadh a ro-chasg agus freagairt gu h-èifeachdach ri tuiteamas sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air àrainneachd na mara no a' chosta. Tha am Plana airson Freagairt ri Tuiteamas Truailidh againn a' dèanamh cinnteach gu bheil modhan soilleir, luchd-obrach trèanaichte agus goireasan freagarrach rim faotainn gus cron a lùghdachadh agus àrainnean fiadh-bheatha frionasach a dhìon fhad 's a thathar a' gèilleadh ris a h-uile riathanas reachdail agus cùmhnantail fo CHFS3.

Tha am plana seo a' buntainn ris na soithichean, puirt agus obrachaidhean cladaich air fad a tha fo ar smachd, dìreach no neo-dhìreach, agus tha e na cho-phàirt dheatamach den Phlana air Stiùireadh Àrainneachdail nas fharsainge againn.

2. Frèam-obrach gèillidh

Tha na h-ullachaidhean againn airson freagairt ri truailleadh a' co-thaobhadh ri:

- A h-uile reachdas mara agus àrainneachdail buntainneach.
- Riatanasan MARPOL a thaobh ola, òtrachas, sgudal agus eimiseanan adhair.
- Riaghailtean Luingeas Mara (OPRC).
- Modhan a' phuirt ionadail no an ùghdarrais calaidh ionadail.
- Riaghailtean àrainneachdail SEPA agus Cùisean Mara na h-Alba.
- Riatanasan a' Chlàir Lagha Àrainneachdail againn.

Tha taic ga toirt do ghèilleadh tro mhodhan dòcamaidichte, ath-sgrùdaidhean cunbhalach air reachdas agus amalachadh nan riathanasan laghail a-steach do leabhraichean-làimhe obrachaidh agus planaichean airson shoithichean sònraichte.

3. Dòigh-obrach freagairt amalaichte

Tha an dòigh-obrach againn airson tuiteamasan truailidh a làimhseachadh stèidhichte air lorg tràth, smachd èifeachdach agus for-àrdachadh luath. Tha prìomh phrionnsapalan a' gabhail a-steach:

- Obair-ghnìomha sa bhad le criutha no luchd-obrach gus smachd no cuingealachadh a chumail air an tùs.
- Planaichean freagairt èiginne a tha sònraichte don t-soitheach no don phort gan cur an gnìomh.
- Amalachadh le modhannan a' phuirt, an ùghdarrais calaidh agus nan seirbheisean-èiginn.
- Slighean for-àrdachaidh soilleir tron rangachd-àithne obrachaidh.
- Co-thaobhadh ri frèamaichean-obrach truailleadh na mara nàiseanta agus roinneil.



- Measaidhean cunnairt stèidhichte agus stiùireadh air dìon na h-àrainneachd gan cur gu feum.

Tha am modail amalaichte seo a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile sgioba a tha a' freagairt ag obrachadh ann an dòigh cho-obrachail, a' lùghdachadh na buaidhe a dh'fhaodadh a bhith ann air an àrainneachd agus a' dèanamh cinnteach gu bheil ath-shlànachadh èifeachdach ann.

4. Structar Àithnidh agus Conaltraidh

Far a bheil structar soilleir ann airson àithntean a thoirt seachad, tha seo a' toirt taic do cho-dhùnaidhean luatha agus mionaideach rè tuiteamas:

Air soithichean

- 'S e am Maighistir an neach aig a bheil uallach coithcheann airson an fhreagairt a làimhseachadh air bòrd.
- 'S e Oifigear na Caithris a bhios a' gabhail os làimh measaidhean sa chiad dol a-mach agus a bhios a' cur an gnìomh modhannan.
- Bidh an criutha a' leantainn nan dreuchdan èiginn ro-shocraichte a thathar a' mineachadh ann an leabhraichean-làimhe obrachaidh.

Puirt agus taobh a' chladaich

- 'S e Manaidsear a' Chalaich no Àrd-mhanaidsear Taobh a' Chladaich a tha air ceann na freagairt gu h-ionadail.
- Bidh sgiobaidhean puirt a' toirt taic do smachdachadh, conaltradh agus stiùireadh luchd-siubhail.
- Thathar a' for-àrdachadh do Mhanaidsear Obrachaidhean air Dleastanas far a bheil feum ann air.

Foir-shealladh corporra

- Tha an sgioba Àrainneachdail a' toirt seachad comhairle speisealaichte.
- Tha Ionad Stiùiridh Obrachaidhean Amalaichte a' co-òrdanachadh conaltradh ro-innleachdach.
- Thathar a' toirt fios do bhuidhnean air an taobh a-muigh (m.e. MCA, SEPA, Ùghdarrasan Calaidh) ann an co-rèir ri riatanasan reachdail.

Tha an structar seo a' comasachadh soilleireachd, cunntalachd agus cunbhalachd thar gach pàirt an lionraidh.

5. Riatanasan aithrisidh

Feumar aithris sa bhad, tro na sianalan iomchaidh, air a h-uile tuiteamas truailidh, ion-thubaist no amharas gun deach rudeigin a leigeil fa sgaoil.

Tha riatanasan aithrisidh a' gabhail a-steach:

- Brath a thoirt sa bhad don Mhaighistir no do Mhanaidsear a' Chalaich.



- Aithriseadh reachdail do Bhuidheann-ghnìomha na Mara agus nam Maor-chladaich (MCA), SEPA no ùghdarrasan ionadail far a bheil riatanas ann airson sin.
- Dòcamaideadh san t-siostam PURE airson rannsachadh taobh a-staigh agus iar-sgrùdadh.
- Conaltradh timeil le Còmhdhail Alba.
- Sgioba àrainneachdail an sàs ann airson mion-sgrùdadh, co-òrdanachadh riaghailteach agus gnìomhan ceartachail.

Bidh aithriseadh soilleir agus luath a' comasachadh smachdachadh èifeachdach, gèilleadh ri riatanasan laghail agus comharrachadh nan leasan ionnsaichte.

6. Trèanadh, drileachan agus eacarsaichean

Gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn deiseil, tha na sgiobaidhean againn a' gabhail pàirt ann am prògram structaraichte de thrèanadh agus cleachdadh, a' gabhail a-steach:

- Eacarsaichean freagairt truaillidh air soithichean agus aig puirt.
- Breug-shamhlachaidhean aig an deasg a' com-pàirteachadh luchd-obrach is manaidsearan obrachaidh.
- Co-eacarsaichean le Ùghdarrasan Calaidh agus seirbheisean-èiginn.
- Trèanadh airson criutha agus sgiobaidhean obrachaidh air uidheamachd, modhannan agus aithriseadh airson freagairt ri dòrtaidhean-ola.
- Ath-sgrùdadh cunbhalach air builean ionnsachaidh gus piseach a thoirt air coileanadh san àm ri teachd.

Tha na gnìomhachdan seo a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach uile a' tuigsinn an dleastanasan agus gu bheil iad comasach air freagairt gu misneachail agus gu h-èifeachdach rè tuiteamas.

7. Uidheamachd agus goireasan

Tha sinn a' cumail uidheamachd is goireasan airson freagairt ri dòrtaidhean ola a tha freagarrach do na cunnartan thar an lìonraidh againn, a' gabhail a-steach:

- Acainn fhreagarrach aig puirt agus air bòrd shoithichean.
- Stuthan sùighteach agus bùmaichean.
- Acainn-dhion phearsanta.
- Stuthan airson sgudal a chumail agus a chuidhteachadh.
- Cothrom air so-mhaoinean freagairt roinneil a bharrachd tro Ùghdarrasan Calaidh no cùmhnantaichean.

Thathar a' sgrùdadh, a' cumail agus ag ath-lìonadh uidheamachd gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil i deiseil airson cleachdadh.



8. Cugallachdan beatha-mara

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil costa an iar na h-Alba a' toirt taic do ghnèithean mara cugallach agus àrainnean glèidhte. Tha planaichean air freagairt ri truailleadh a' toirt fa-near:

- Raointean Mara Glèidhte, Ionadan de Shùim Shònraichte Shaidheansail (SSSIs) agus àrainnean prìomhachais.
- Cugallachdan ràitheil (m.e. briodadh, imreachd).
- Stiùireadh ionadail air fiadh-bheatha, a' gabhail a-steach Còd Faire Fiadh-bheatha Mara na h-Alba.
- Dleastanasan bith-iomadachd fo reachdas Albannach.

Far a bheil tuiteamasan a' tachairt faisg air ceàrnaidhean le eag-eòlas cugallach, tha sinn ag obair gu dlùth le riaghlaichean àrainneachdail gus a' bhuidh a lùghdachadh agus taic a thoirt do ath-shlànachadh eag-eòlasach.

9. Leasachadh leantainneach

Tha sinn an geall air leasachadh leantainneach a thaobh ro-chasg agus freagairt ri truailleadh. Tha sinn gu cunbhalach:

- Ag ath-sgrùdadh agus ath-ùrachadh modhannan stèidhichte air leasain ionnsaichte.
- A' mion-sgrùdadh treandaichean ann an tuiteamasan agus dàta air ion-thubaistean.
- A' corpachadh toraidhean bho sgrùdaidhean air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh.
- A' com-pàirteachadh le riaghlaichean, ùghdarrasan calaidh agus com-pàirtichean gnìomhachais.
- Ag ath-ùrachadh trèanadh agus uidheamachd mar a tha feumalachdan obrachaidh ag atharrachadh.

Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-ullachaidhean againn airson freagairt ri truailleadh a' cumail orra a bhith èifeachdach, gèilleach agus a' co-thaobhadh ri deagh chleachdadh.



Roinn 3

Plana manaidseadh sgudail

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air sgudal a làimhseachadh gu cunntasach thar a h-uile taobh de na h-obrachaidhean againn, an dà chuid air bòrd nan soithichean againn agus aig na puirt againn is goireasan stèidhichte air a' chladach. Tha manaidseadh sgudal èifeachdach gar cuideachadh gus àrainneachd na mara is nan costaichean a dhìon, taic a thoirt don eaconamaidh chearcallaich agus dùilean an luchd-ceannaich, coimhearsnachdan is riaghlaichean againn a choileanadh.

Tha am Plana Manaidseadh Sgudail seo a' cur an cèill mar a tha sinn a' casg, a' fìor-lùghdachadh, a' sgaradh agus a' cuidhteachadh sgudal ann an dòigh a tha sàbhailte, gèilleach agus cunntachash a thaobh na h-àrainneachd. Tha e a' buntainn ris na gnìomhachdan uile a thathar a' gabhail os làimh a tha fo smachd dìreach no neo-dhìreach Chaledonian Mac a' Bhriuthainn, a' gabhail a-steach luchd-obrach, cùmhnantaichean agus treas pàrtaidhean eile a tha ag obair às ar leth.

2. Amasan agus targaidean

'S e ar n-amas a bhith a' lùghdachadh na buaidhe air an àrainneachd a thig à sgudal air a chruthachadh leis na h-obrachaidhean againn agus a bhith a' meudachadh èifeachdas ghoireasan thar an lìonraidh. Gus seo a choileanadh, 's e ar n-amasan a thaobh manaidseadh sgudail:

- Sgudal a ro-chasg agus a lùghdachadh aig a' bhun le bhith a' dealbhachadh obrachaidhean, solarachadh agus seirbheisean gus stuthan mì-riatanach agus nithean aon-turais a sheachnadh far e bheil e so-dhèanta.
- A' meudachadh ath-chleachdadh agus ath-chuairteachadh le bhith a' leasachadh sgaradh, bun-structar agus mothachadh mun deidhinn air soithichean agus aig puirt.
- A' fìor-lùghdachadh an uireid de sgudal a tha a' dol gu lìonadh-talmhainn agus ag ath-bhuannachadh luach bho sgudal far bheil e ion-dhèanta, a' gabhail a-steach tro shlighean lùths-bho-sgudal agus ath-chuairteachadh.
- A' manaidseadh sgudal gu sàbhailte agus gu gèilleach, a' dèanamh cinnteach gu bheil gar làimhseachadh, ga stòradh, ga ghiùlan agus ga chuidhteachadh gu iomchaidh.
- A' toirt taic do phrionnsapalan na h-eaconamaidh chearcallaich le bhith a' fàbharadh nithean agus seirbheisean a ghabhas ath-chleachdadh, ath-chàrachadh, ath-chuairteachadh no ath-bhuannachadh.
- A' conaltradh le luchd-ceannaich, luchd-obrach agus cùmhnantaichean mu dhòigh-giùlain chunntasach a thaobh sgudal agus a' toirt fiosrachadh soilleir dhaibh air mar a ghabhas sgudal a chuidhteachadh gu ceart.

Thathar a' toirt taic do na h-amasan seo le comharran-coileanaidh so-thomhas, leithid:

- A' lùghdachadh an uireid de sgudal iarmadach (coitcheann) gach neach-siubhail no gach cuairt thairis air ùine CHFS3.



- A' meudachadh a' cho-rèir de sgudal a thathar a' claonadh air falbh bho lìonadh-talmhainn tro ath-chuairteachadh agus ath-bhuannachadh.
- A' meudachadh faotainneachd agus cleachadh nan goireasan ath-chuairteachaidh airson luchd-ceannaich agus luchd-obrach.

3. Gèilleadh reachdail

Tha na gnìomhachdan manaidsèadh sgudail againn air an riaghladh le raon de reachdas is riaghailtean àrainneachdail agus mara. Bidh sinn:

- A' gèilleadh ris an reachdas iomchaidh air fad a thaobh sgudal agus na h-àrainneachd a tha a' buntainn ri obrachaidhean air cladach agus air soithichean, a' gabhail a-steach riatanasan a thaobh stòradh, tar-aiseag, giùlan agus cuidhteachadh sgudal.
- A' leantainn nan riatanasan mara buntainneach airson sgudal air a chruthachadh le bàtaichean, a' gabhail a-steach gèilleadh ri MARPOL Leas-phàipear V agus dleastanasan a thaobh goireasan giullachd sgudail aig puirt.
- A' gèilleadh ri riatanasan dleastanais cùraim airson luchd-dèanaimh sgudail, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' tar-aiseag sgudal a-mhàin do ghiùlanairean ùghdarraichte agus goireasan le dòcamaideadh iomchaidh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' comharrachadh, a' stòradh, a' làimhseachadh agus a' cuidhteachadh sgudal cunnartach agus sònraichte (leithid olaichean, ceimigean, bataraidhean, sgudal uidheamachd dealain agus eileagtronaigeach (WEEE) agus sgudal clionaigeach no slàinteachail) ann an co-rèir ri riaghailtean buntainneach agus deagh chleachdadh.
- A' glèidheadh chùmhnanntan agus ceadan freagarrach le cùmhnanntaichean sgudail agus goireasan giullachd sgudail aig puirt gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh shlighean laghail agus so-lorgach airson cuidhteachadh.

Tha riatanasan reachdail air an glacadh taobh a-staigh a' Chlàir Lagha Àrainneachdail againn agus air an amalachadh a-steach do mhodhannan buntainneach, leabhraichean-làimhe obrachaidh nan soithichean agus siostaman manaidsèadh nan obrachaidh puirt/cladaich.

4. Uallaichean

Tha manaidsèadh sgudail èifeachdach mar uallach co-roinnte thar na buidhne. Tha prìomh uallaichean a' gabhail a-steach:

- Bòrd agus an sgioba Stiùiridh – a' toirt seachad marasgladh, a' suidheachadh dùilean airson coileanadh àrainneachdail agus a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan iomchaidh ann.
- Sgioba àrainneachdail – a' cumail suas an Clàr Lagha Àrainneachdail, a' leasachadh inbhean manaidsèadh sgudail, a' toirt seachad stiùireadh agus taic, agus ag ath-sgrùdadh coileanadh.
- Manaidsèaran Obrachaidhean (Cabhlach agus Puirt) – a' cur an gnìomh modhannan sgudail sna raointean aca, a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach air an trèanadh agus gu bheil uidheamachd is goireasan ann ma tha a dhìth orra.



- Maighistirean agus Àrd-oifigearan – a’ dèanamh cinnteach gu bheil criuthaichean a’ leantainn modhannan airson sgudal a sgaradh agus cuidhteas fhaighinn dheth, a’ cumail chlàran iomchaidh agus a’ com-pàirteachadh le puirt a thaobh landadh sgudail.
- Manaidsearan Chalaishean agus Phort – a’ làimhseachadh ghoireasan sgudail stèidhichte air a’ chladach, a’ gabhail a-steach bun-structar sgaraidh, stòradh, soidhnichean agus co-òrdanachadh chùmhantaichean.
- Sgioba na sèine-solair – a’ corpachadh lùghdachadh sgudail, a’ toirt fa-near beachdachadh air mar a tha ath-chuairteachaidh agus an eaconamaidh chearcallach air an gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean air ceannachd agus riatanasan sholaraidhean.
- Luchd-obrach agus Cùmhnantaichean air fad – a’ leantainn stiùireadh air sgaradh sgudail, a’ cleachdadh ghoireasan gu ceart, a’ fìor-lùghdachadh sgudal far a bheil sin comasach agus ag aithris air cùisean ceangailte ri sgudal no neo-ghèillidhean.

5. Manaidseadh sgudail ann an obrachaidhean

Tha manaidseadh sgudail air amalachadh a-steach do dh’obrachaidhean latha-gu-latha thar shoithichean agus ghoireasan cladaich.

Tha prìomh cheuman obrachaidh a’ gabhail a-steach:

- Sgudal air a sgaradh aig a’ bhun – a’ dealachadh shruthan ath-chuairteachail (m.e. pàipear, cairt, plastaigean, meatailtean, glainne), sgudal bho bhiadh, sgudal cunnartach agus sgudal iarmadach aig a’ phuig far a bheilear ga chruthachadh.
- Leubaileadh agus soidhnichean a tha soilleir – a’ toirt seachad soidhnichean co-chòrdail, so-thuigsinn air bionaichean agus àrainnean sgudail gus taic a thoirt do chuidhteachadh ceart le luchd-ceannaich agus luchd-obrach.
- A’ làimhseachadh air bòrd – a’ cleachdadh raointean stòraidh ainmichte agus cointèanaran airson diofar sheòrsaichean sgudail, ann an co-rèir ri riatanasan sàbhailteachd, slàinteachas agus mara.
- Giollachd agus tar-aiseag aig puirt – a’ co-òrdanachadh le goireasan giollachd sgudail aig puirt agus le cùmhnantaichean gus dèanamh cinnteach gu bheilear a’ tional agus a’ giollachd sgudail gu timeil agus gu gèilleach.
- Sgudal bho bhiadh agus obrachaidhean cidsin air bòrd – a’ manaidseadh sgudal bìdh air leth far a bheil sin riatanach, agus a’ brosnachadh lùghdachadh ann an sgudal tro phlanadh chlàran-bìdh, manaidseadh stuthan agus smachd air pòrsanan-bìdh.
- Gnìomhachdan oifisean agus thaighean-stòir – a’ cur an gnìomh na h-aon phrionnsapalan a thaobh sgaradh agus lùghdachadh ann an oifisean, bùithtean-obrach agus taighean-stòir, a’ gabhail a-steach clò-bhualadh, pacaideadh agus bathar so-chaitheamh.

6. Coileanadh a thaobh ath-bhuannachadh lùtha

Far a bheil e ion-dhèanta agus ri fhaotainn taobh a-staigh bun-structar ionadail, tha sinn a’ feuchainn ri taic a thoirt do dh’ath-bhuannachadh lùtha bho sgudal iarmadach nach gabh ath-chleachdadh no ath-chuairteachadh.



Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail a-steach:

- Ag obair còmhla ri cùmhnantaichean sgudail a tha comasach air slighean lùths bho sgudal a thoirt seachad far a bheil ath-chuairteachadh do-dhèanta.
- A' cumail sùil air a' cho-rèir den sgudal iarmadach againn a thathar a' cur gu goireasan ath-bhuannachaidh, far a bheil am fiosrachadh seo ri fhaotainn bho chùmhnantaichean.
- A' beachdachadh air cothroman gus piseach a thoirt air a' cho-rèir de sgudal a thathar a' cur gu ath-bhuannachadh seach lionadh-talmhain, ann an co-rèir ri siostam-rangachaidh an sgudail agus cuingealachdan bun-structair ionadail.
- Ag ath-sgrùdadh coileanadh agus aithriseadh chùmhnantaichean gus tuigse fhaighinn air treandaichean ann an ath-bhuannachadh agus cuidhteachadh.

Thèid dàta air ath-bhuannachadh lùtha a chleachdadh, far a bheil e ri fhaotainn, gus targaidean san àm ri teachd fhiosrachadh agus taic a thoirt do leasachadh leantainneach ann an coileanadh siostam-rangachaidh an sgudail.

7. Plastaigean maotha

Tha plastaigean maotha, leithid paisgean, film agus bagaichean, a' toirt seachad dùbhlann sònraichte ann an àitichean iomallach agus eileanach far am faod bun-structar ath-chuairteachaidh speisealaichte a bhith cuingealaichte. Bidh sinn:

- A' feuchainn ri lùghdachadh a thoirt air cruthachadh phlastaigean maotha aig a' bhun, a' gabhail a-steach tro cho-dhùnaidhean solarachaidh (m.e. roghainnean bathair agus sònrachadh pacaideadh).
- Ag obair le solaraidhean gus cothroman a chomarrachadh gus pacaideadh le plastaig mhaoth a lùghdachadh no a chur às.
- Far a bheil e so-dhèanta, a' toirt seachad slighean gus plastaigean maotha dealaichte a thilleadh gu sruthan ath-chuairteachaidh no ath-bhuannachaidh iomchaidh tro chùmhnantaichean no sgeamaichean thoir-air-ais.
- A' toirt seachad stiùireadh soilleir do luchd-obrach agus do luchd-ceannaich air mar a bu chòir plastaigean maotha a chuidhteachadh nuair nach eil ath-chuairteachadh ri fhaotainn, gus sruthan ath-chuairteachaidh eile a chasg bho thar-thruaillleadh.

8. Ath-chuairteachadh le luchd-ceannaich

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil luchd-ceannaich airson pàirt a ghabhail ann a bhith a' dìon na h-àrainneachd. Gus taic a thoirt ri seo, bidh sinn:

- a' leantainn oirnn a bhith a' toirt seachad puingeann ath-chuairteachaidh, a tha air an comharrachadh gu soilleir, air bòrd shoithichean agus aig puirt, far a bheil sin so-dhèanta, airson stuthan cumanta leithid pàipear, cairt, plastaigean, tionaichean agus glainne far a bheil goireasan ionadail ann.
- a' leantainn oirnn a' cleachadh shoidhnichean is teachdaireachdan cunbhalach gus am faod luchd-ceannaich tuigsinn mar a bu chòir sgudal a sgaradh gu h-iomchaidh.



- a' brosnachadh modh-giùlain cunntasach tro theachdaireachdan labhairte air bòrd, postairean agus sianalan didseatach far a bheil e iomchaidh.
- a' cumail sùil air ìrean cleachdaidh nan goireasan ath-chuairteachaidh le luchd-ceannaich agus a' cleachdadh fios air ais gus piseach a thoirt air dealbh-crutha, soidhnichean agus comasachd.

'S e ar n-amas a bhith ga dhèanamh cho furasta 's a ghabhas airson luchd-ceannaich a bhith ag ath-chuairteachadh gu ceart nuair a tha iad a' siubal leinn.

9. Cùmhnantaichean

Tha dreuchd chudromach aig cùmhnantaichean ann a bhith a' libhrigeadh nan ullachaidhean manaidsaidh sgudail againn, bho thional gu giollachd dheireannach. Bidh sinn:

- a' gabhail a-steach riathanasan soilleir a thaobh sgudal agus na h-àrainneachd ann an cùmhnantan buntainneach agus ann an aontaidhean ìre seirbheise.
- a' cleachdadh chùmhnantaichean comasach agus aig a bheil cead iomchaidh airson a h-uile sruth sgudail, a' gabhail a-steach sgudal cunnartach agus speisealta.
- ag iarraidh air cùmhnantaichean fianais a thoirt seachad a thaobh cuidhteachadh laghail, giollachd agus slighean ath-bhuannachaidh, a' gabhail a-steach dòcamaideadh far a bheil sin riatanach.
- a' com-pàirteachadh le cùmhnantaichean gus cothroman a chomharrachadh airson barrachd ath-chuairteachaidh, ath-bhuannachaidh agus fuasglaidhean na h-eaconamaidh cearcallaich.
- a' cumail sùil air coileanadh chùmhnantaichean agus a' dèiligeadh ri cùisean sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air gèilleadh agus coileanadh àrainneachdail.

10. Monataireachd agus aithriseadh

Tha sinn a' cumail sùil air coileanadh a thaobh manaidsaidh sgudail gus am faod sinn treandaichean a thuigsinn, cothroman leasachaidh a chomharrachadh agus gèilleadh a nochdadh.

Tha na gnìomhachdan monataireachd agus aithrisidh againn a' gabhail a-steach:

- a' tional dàta air an uiread de sgudal agus, far a bheil seo ri fhaotainn, mar a tha sin air a bhriseadh sìos a rèir seòrsa sgudail (m.e. ath-chuairteachadh, iarmadach, cunnartach).
- ag ath-sgrùdadh aithrisean is cunntasan chùmhnantaichean airson fiosrachadh air tunnachas agus giollachd.
- a' tracadh prìomh chomharran leithid sgudal iarmadach, reataichean ath-chuairteachaidh agus stiùireadh air falbh bho lìonadh-talmhainn, a rèir faotainneachd dàta.
- a' clàradh tuiteamasan sam bith ceangailte ri sgudal, neo-ghèillidhean no gearanan agus a' glacadh ghnìomhan a rinneadh mar fhreagairt riutha sin.
- ag aithriseadh fiosrachadh buntainneach a thaobh sgudal agus ath-chuairteachadh mar phàirt den aithriseadh àrainneachdail nas fharsainge againn agus, far a bheil e riatanach, do Chòmhdhail Alba.



11. Leasachadh leantainneach

Tha sinn an geall air leasachadh leantainneach ann am manaidsèadh sgudail air feadh an lìonraidh. Bidh sinn:

- Ag ath-sgrùdadh gu cunbhalach am Plana Manaidsèadh Sgudail seo gus ionnsachadh obrachaidhean, atharrachaidhean riaghailteach agus leasachaidhean sa bhun-structar a tha ri fhaotainn a nochdadh.
- A' cleachdadh an dàta monataireachd, aithrisean thuiteamasan agus fios air ais bho luchd-ceannaich/luchd-obrach agus a' prìomhachasadh ghnìoman leasachaidh.
- Ag obair le solaraichean, cùmhnantaichean, com-pàirtichean coimhearsnachd agus riaghlaichean gus cothroman ùra a lorg airson sgudal a lùghdachadh, ath-chleachdadh, ath-chuairteachadh agus ath-bhuannachadh.
- A' toirt taic do dh'ùr-ghnàthachadh agus deuchainnean far am faodadh iad cuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh bhuilean nas fheàrr, leithid sruthan ùra airson ath-chuairteachadh, atharrachaidhean ann am pacaidhean no iomairtean gus dòighean-giùlain atharrachadh.
- A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach stiùireadh is trèanadh as ùr nuair a tha modhan agus goireasan ag atharrachadh.

Tro na ceuman seo, tha sinn ag amas air sgudal a lùghdachadh taic a thoirt don eaconamaidh chearcallaich agus an àrainneachd a dhìon fhad 's a thathar a' libhrigeadh sheirbheisean aiseig lìn-bheatha a tha earbsach.



Roinn 4

Poileasaidh solarachadh so-sheasmhach

1. Aithris-lèirsinne agus poileasaidh

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air gnìomhachdan solarachaidh a chleachdadh gus taic a thoirt do dh'obrachaidhean so-sheasmhach, cunntasach agus eitigeach thar lionra Chluaidh agus Innse Gall. 'S e ar lèirsinn a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na nithean is seirbheisean a tha sinn a' ceannach a' libhrigeadh luach fad-ùineach airson luchd-ceannaich agus coimhearsnachdan fhad 's a thathar a' lùghdachadh bhuidhean air an àrainneachd agus a' toirt taic do chleachdaidhean airson obair chothromach.

Tha sinn ag amas air obair le solaraidhean a tha a' co-phàirteachadh ar gealltanais air so-sheasmhachd, èifeachdas ghòireasan, trid-shoilleireachd agus inbhean àrda coileanaidh àrainneachdail agus sòisealta. Tha an dòigh-obrach seo a' co-thaobhadh ri dleastanasan nàiseanta airson solarachadh so-sheasmhach agus a' toirt taic do na h-amasan nas fharsainge aig Caledonian Mac a' Bhriuthainn agus poileasaidh Riaghaltas na h-Alba.

2. Beachdachadh tràth air sunnd eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta

Tha sinn ag amalachadh phrionnsapalan so-sheasmhachd aig an ìre as tràithe den phròiseas solarachaidh. Mus tòisich sinn air planadh no air cùmhnant a chur a-mach, tha sinn a' beachdachadh air builean nas fharsainge eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta air am faodadh co-dhùnaidhean solarachaidh a bhith a' toirt buaidh.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' lùghdachadh sgudal, eimiseanan agus cleachdadh ghòireasan air feadh cearcall-beatha an nì no na seirbheise.
- A' toirt taic do shèineachan-solair ionadail far a bheil sin iomchaidh agus ion-dhèanta.
- A' beachdachadh air luach fad-bheatha seach cosgaisean tùsail a-mhàin.
- A' roghnachadh stuthan agus fuasglaidhean a tha a' glèidheadh ghòireasan nàdarra agus a' lùghdachadh buaidh àrainneachdail.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil sònrachaidhean a' nochdadh prionnsapalan na h-eaconamaidh cearcallaich, a' gabhail a-steach ath-chleachdadh, comas ath-chàrachaidh agus ath-chuairteachalachd.
- A' beachdachadh air co-ionannachd, so-ruigsinneachd agus luach sòisealta ann an co-dhùnaidhean solarachaidh.

Le bhith a' cur an gnìomh na breithneachaidhean seo bhon fhìor-thoiseach, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil solarachadh a' cur ri coileanadh àrainneachdail nas fheàrr agus sunnd coimhearsnachd nas fharsainge.



3. Buannachdan coimhearsnachd

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn ag amas air libhrigeadh an luach shòisealta as motha a ghabhas tron t-sèine-sholair. Far a bheil e iomchaidh, tha sinn a' gabhail a-steach riatanasan buannachd coimhearsnachd ann an solarachaidhean mòra is meadhanach gus dèanamh cinnteach gum bi solaraichean gu deimhinneach a' cur ris na coimhearsnachdan dom bi na seirbheisean againn a' toirt taic.

Dh'fhaodadh buannachdan coimhearsnachd gabhail a-steach:

- Cothroman cosnaidh no trèanaidh ionadail.
- Taic airson preantasachdan agus suas-sgileadh.
- Obair le gnothachasan ionadail agus buidhnean san treas roinn.
- For-ruigheachd foghlaim no iomairtean com-pàirteachadh choimhearsnachdan.
- A' cur ri pròiseactan ionadail a thaobh bith-iomadachd no leasachadh àrainneachd.

Tha na buannachdan seo a' cuideachadh ann a bhith a' neartachadh ath-sheasmhachd agus sunnd nan coimhearsnachdan eileanach agus costail agus tha iad a' co-thaobhadh ri ar dreuchd mar sheirbheis phoblach.

4. Cleachdaidhean airson obair chothromach

Tha sinn a' sùileachadh gum bi a h-uile solaraiche a' nochdadh agus a' glèidheadh chleachdaidhean airson obair chothromach. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Pàigheadh tuarastal chothromach agus gealltanas don Tuarastal Bith-beò Fhìor far a bheil sin iomchaidh.
- Gun chleachdadh mì-iomchaidh de chùmhnanntan neoni uairean-a-thìde.
- Com-pàirteachadh an fheachd-obrach agus cothroman leasachaidh.
- Àrainneachdan obrach a tha sàbhailte, in-ghabhailta, spèiseil.
- Gèilleadh ri prionnsapalan Obair Choithromach an Toiseach aig Riaghaltas na h-Alba.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh gu cothromach ri luchd-obrach san t-sèine-sholair againn, oir tha seo deatamach do libhrigeadh sheirbheisean aiseig a tha cunntasach, eitigeach agus so-sheasmhach.

5. Slàinte is sàbhailteachd

Tha slàinte is sàbhailteachd bunasach don h-uile cho-dhùnadh solarachaidh. Tha sinn ag iarraidh air solaraichean gum bi iad:

- A' nochdadh gèilleadh ri reachdas is inbhean buntainneach a thaobh slàinte is sàbhailteachd.
- A' toirt seachad fianais air poileasaidhean is trèanadh iomchaidh agus air ullachaidhean airson stiùireadh chunnartan.



- A' dèanamh cinnteach gu bheil nithean, stuthan agus uidheamachd a' coileanadh nan sònrachaidhean riatanach a thaobh sàbhailteachd.
- A' leantainn nan riatanasan slàinte is sàbhailteachd aig Caledonian Mac a' Bhriuthainn nuair a thathar ag obair air no faisg air na soithichean, puirt is goireasan againn.
- Ag aithris air tuiteamasan, cunnartan agus ion-thubaistean ann an co-rèir ri modhannan aontaichte.

Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na nithean is seirbheisean a thathar a' solarachadh a' cur ri àrainneachd shàbhailte airson luchd-ceannaich, cùmhnantaichean agus luchd-obrach.

6. Solarachadh bìdh

Tha sinn an geall air biadh agus solaran bìdh fhaighinn gu cunntasach agus gu so-sheasmhach, a' nochdadh ar taic airson roghainnean fallain, eitigeach agus beag-charboin. Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail a-steach:

- A' cur prìomhachas air toradh Albannach far a bheil sin comasach gus taic a thoirt do sholaraidhean ionadail.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh ri riatanasan slàinteachas bìdh agus sàbhailteachd.
- A' brosnachadh toradh so-sheasmhach, leas ainmhidhean agus cleachdaidhean tobrachaidh chunntasaich.
- A' lùghdachadh sgudal bìdh tro làimhseachadh stoc agus planadh chlàran-bìdh gu h-èifeachdach.
- A' rannsachadh roghainnean beag-charboin agus roghainnean stèidhichte air planntasan gus taic a thoirt do phlanaichean lùghdachadh carboin.

Bidh sinn a' leantainn oirnn ag obair le solaraidhean gus cothroman a chomharrachadh airson buaidh nas ìsle, taic coimhearsnachd agus slighean solarachadh bìdh eitigeach.

7. Targaidean

Gus an coileanadh againn air solarachadh so-sheasmhach a thomhas agus a neartachadh, bidh sinn ag amas air na targaidean a leanas a choileanadh:

- A' meudachadh a' cho-rèir de nithean is seirbheisean a thathar a' solarachadh le slatan-tomhais soilleir a thaobh so-sheasmhachd.
- A' leapachadh prionnsapalan na h-eaconamaidh cearcallaich ann am prìomh roinnean-seòrsa solarachaidh.
- A' lùghdachadh an uireid de stuthan aon-turais agus neo-chuairteachail a thathar a' solarachadh.
- A' meudachadh na h-àireimh de chùmhnantan a tha a' gabhail a-steach riatanasan a thaobh buannachd coimhearsnachd agus Obair Chothromach.
- A' leasachadh aithriseadh agus trìd-shoilleireachd air na buaidhean air so-sheasmhachd taobh a-staigh na sèine-solair.



- A' meudachadh a' cho-rèir den bhiadh a thathar a' solarachadh bho sholaraichean Albannach, far a bheil sin ion-dhèanta.
- A' brosnachadh sholaraichean a bhith a' gabhail ri cleachdaidhean beag-charboin agus a bhith ag aithris air a' choileanadh àrainneachdail aca.

Bithear a' cumail sùil air adhartas fa chomhair nan targaidean seo tron sgioba Sèine-sholair againn agus bithear ag aithris air mar phàirt den aithriseadh nas fharsainghe againn a thaobh na h-àrainneachd agus so-sheasmhachd.



Roinn 5

Plana siubhail uaine

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air còmhdhail sheasmhach a bhrosnachadh air feadh an lionraidh againn agus a' toirt taic do roghainnean còmhdhail beag-charboin, so-ruigsinneach agus cunntasach a thaobh na h-àrainneachd airson luchd-ceannaich agus luchd-obrach. Tha am Plana Siubhail Uaine againn a' cur an cèill mar a bhios sinn a' lùghdachadh eimiseanan ceangailte ri còmhdhail, a' brosnachadh còmhdhail phoblach agus ghnìomhach agus a' cluiche ar pàirt ann a bhith a' libhrigeadh eadar-ghluasad do neoni lom ann an Alba.

Tha am plana seo a' buntainn ris a h-uile ghnìomhachd agus tha e a' toirt taic do na h-amasan nas fharsaingeach againn a thaobh so-sheasmhachd, a' gabhail a-steach lùghdachadh eimiseanan, leasachaidhean ann an càileachd adhair agus sunnd coimhearsnachd nas fheàrr.

2. Co-theacsa poileasaidh agus frèam-obrach gèillidh

Tha buaidh air a' Phlana Siubhail Uaine againn bho raon de phoileasaidhean nàiseanta is roinneil agus riatanasan riaghailteach, a' gabhail a-steach:

- Achd Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba (Targaidean Lùghdachadh Eimiseanan).
- Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 (NTS2).
- Cunntas as ùr air Plana Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba.
- Frèam-obrach airson Siubhal Gnìomhach.
- Planaichean còmhdhail nan ùghdarrasan ionadail agus prìomhachasan ceangalachd eileanan.

Tha na poileasaidhean seo a' stiùireadh na dòigh-obrach againn agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-iomairtean siubhail againn a' co-thaobhadh ri gealltanasan nas fharsaingeach na h-Alba a thaobh gnàth-shìde, so-ghluasadachd agus dì-charbonachadh.

Tha gèilleadh air a libhrigeadh tro:

- Amalachadh nan amasan siubhail uaine ann am planadh corporra.
- A' cumail sùil air Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPIs) a thaobh àrainneachd agus còmhdhail uaine.
- Co-obrachadh le Còmhdhail Alba, ùghdarrasan ionadail agus solaraichean còmhdhail roinneil.
- Ath-sgrùdadh cunbhalach air modhan-giùlain, roghainnean agus cuingealachdan obrachaidh a thaobh còmhdhail.

3. Amasan ro-innleachdach

'S iad amasan ro-innleachdach a' Phlana Siubhail Uaine againn a bhith:



- A' lùghdachadh eimiseanan carboin bho choimiutadh luchd-obrach agus siubhal gnothachais.
- A' cur air adhart roghainnean siubhail so-sheasmhach, a' gabhail a-steach còmhdhail phoblach, siubhal gnìomhach agus carbadan le eimiseanan ìosal.
- Ag amalachadh breithneachaidhean siubhail ann am planadh obrachaidhean agus iomairtean com-pàirteachadh luchd-obrach.
- A' toirt taic do dh'amasan nàiseanta na h-Alba, a' gabhail a-steach lùghdachadh 20% san àireimh de chilemeatairean le càr ro dheireadh 2030.

Tha na h-amasan seo a' stiùireadh na dòigh-obrach againn a thaobh obrachaidhean agus a' toirt seachad bun-stèidh airson mar a bhios sinn a' cumail sùil air adhartas.

4. Co-thaobhadh ri Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta

Tha an dòigh-obrach againn a' co-thaobhadh gu tur ri Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta na h-Alba 2 (NTS2), gu h-àraid leis na ceithir prìomhachasan aige:

- A' lùghdachadh neo-ionannachdan – a' comasachadh roghainn siubhail a tha so-ruigsinneach, aig prìs reusanta agus beag-charboin.
- A' freagairt ri gnàth-shìde – a' lùghdachadh eimiseanan còmhhdhalach agus a' toirt taic do dh'atharrachadh ann am modhan-siubhail.
- A' cuideachadh ann a bhith a' lìbhrigeadh fàs eaconamach in-ghabhailta – a' toirt taic do cheangalachd thar choimhearsnachdan eileanach is costail.
- A' leasachadh ar slàinte is sunnd – a' brosnachadh siubhal gnìomhach agus a' lùghdachadh truailleadh adhair.

Le bhith a' co-thaobhadh ri NTS2, tha sinn a' toirt taic do shiostam còmhdhail a tha nas glaine, nas fallaine agus nas cothromaiche airson nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

5. Dòigh-obrach obrachaidh

Dàta bun-loidhne

Tha sinn a' cumail sùil air mar a tha luchd-obrach agus luchd-ceannaich a' siubhal, le bhith a' cleachdadh dàta a tha ri fhaotainn airson tuigsinn:

- Pàtran coimiutadh luchd-obrach.
- Cleachdadh charbadan priobhaideach airson siubhal gnothachais.
- Ìre cleachdaidh nan roghainnean airson còmhdhail phoblach.
- Faotainneachd shlighean airson siubhal gnìomhach.
- Modh-giùlain luchd-ceannaich agus an roghainnean a thaobh modh-siubhail.

Far a bheil beàrnan dàta ann, tha sinn ag obair le luchd-ùidhe gus piseach a thoirt air càileachd an dàta, a' comasachadh planadh nas mionaidiche agus eadar-theachdan targaidichte.



Cur air adhart còmhail phoblach

Tha sinn a' brosnachadh roghainnean còmhail phoblach airson ceangal ris na seirbheisean againn le bhith:

- A' toirt seachad fiosrachadh soilleir air busaichean, trèanaichean agus seirbheisean còmhailach poblach eile a tha a' ceangal ris na seirbheisean againn.
- A' toirt taic do phlanadh airson còmhail amalaichte tro fhiosrachadh air-loidne agus air-làrach.
- A' rannsachadh chothroman airson co-obrachadh le com-pàirtichean còmhailach gus piseach a thoirt air slighean ioma-modh-siubhail.
- A' cur air adhart co-thiogaideadh no clàran-ama co-òrdanaichte far a bheil sin ion-dhèanta.

Tha seo a' cuideachadh gus cleachdadh chàraichean prìobhaideach a lùghdachadh agus a' toirt taic do chuirtean co-thàhte, beag-charboin airson luchd-siubhail.

Iomairtean siubhail gnìomhach

Tha sinn a' toirt taic do shiubhal gnìomhach le bhith:

- A' toirt seachad pàirceadh is stòradh airson bhaidhsagalan aig puirt far a bheil sin ion-dhèanta.
- A' toirt piseach air cothrom luchd-coiseachd agus slighean timcheall mun cuairt phort.
- A' leantainn oirnn a' brosnachadh luchd-obrach a bhith a' coiseachd no a' saidhleadh far a bheil sin sàbhailte agus practaigeach.
- A' toirt taic do dh'iomairtean siubhail gnìomhaich ionadail air an stiùireadh le comhairlean no com-pàirtichean coimhearsnachd.
- A' toirt taic do so-ruigsinneachd airson a h-uile duine le so-ghluasad lùghdaichte anns a h-uile fuasgladh còmhailach.

Tha siubhal gnìomhach a' toirt piseach air slàinte, a' lùghdachadh eimiseanan agus a' toirt taic do roghainnean airson siubhal nas so-sheasmhaiche.

A' prìomhachasadh còmhail bheag-charboin agus cho-phàirtichte

Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail a-steach:

- A' brosnachadh luchd-obrach a bhith a' cleachdadh còmhail phoblach, co-phàirteachadh chàraichean no carbadan beag-charboin airson siubhal gnothachais.
- Ag ath-sgrùdadh riatanasan cabhlaich le rùn, far a bheil seo so-dhèanta, airson carbadan beag-charboin no carbadan gun eimiseanan.
- A' toirt seachad teàirrdseadh airson carbadan dealain (EV) far a bheil am bun-structar ga cheadachadh.
- A' cur air adhart roghainnean airson còmhail cho-phàirtichte airson luchd-obrach a tha a' gluasad eadar puirt, taighean-stòir agus soithichean.



- A' beachdachadh air roghainnean beag-charboin ann an solarachadh sheirbheisean ceangailte ri còmhdhail.

Tha na ceuman seo a' toirt taic do lùghdachadh eimiseanan thar còmhdhail obrachaidh.

Roghainnean didseatach eile

Gus còmhdhail mhì-riatanach a lùghdachadh, tha sinn a' cur air adhart fuasglaidhean didseatach, a' gabhail a-steach:

- Co-labhairtean bhidio agus coinneamhan ioma-dhòigheach.
- Uidheaman co-obrachaidh air chèin.
- Trèanadh air-loidhne agus oideachadh-lìn.
- Sgrùdaidhean no measaidhean bhiortail far a bheil sin iomchaidh.

Le bhith a' lùghdachadh siubhal gnothachais, bithear ag ìsleachadh eimiseanan agus a' toirt piseach air èifeachdas.

6. Leasachadh leantainneach

Tha sinn a' cur piseach air na cleachdaidhean siubhail againn gu leantainneach le bhith:

- Ag ath-sgrùdadh dàta bun-loidhne agus prìomh chomharran coileanaidh (KPIs) gu cunbhalach.
- A' dèanamh measadh air buaidh iomairtean agus a' comharrachadh chothroman a bharrachd.
- Ag ionnsachadh bho fhios air ais bho luchd-obrach, geur-bheachdan obrachaidh agus deagh chleachdadh a tha a' tighinn am bàrr.
- Ag ath-ùrachadh a' phlana seo gus adhartasan teicneòlais agus leasachaidhean poileasaidh a nochdadh.
- Ag obair le com-pàirtichean roinneil gus ùr-ghnàthachaidhean a chomharrachadh a tha a' toirt taic do shiubhal so-sheasmhach.

Tha leasachadh leantainneach a' dèanamh cinnteach gu bheil am modh-obrach againn airson siubhal ag atharrachadh ann an co-rèir ri amasan nas fharsainge na h-Alba a thaobh dì-charbonachadh.

7. Com-pàirteachadh luchd-ùidhe

Tha sinn ag obair le raon de luchd-ùidhe gus taic a thoirt do libhrigeadh a' Phlana Siubhail Uaine againn, a' gabhail a-steach:

- Còmhdhail Alba.
- Ùghdarrasan ionadail agus Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil.
- Gnìomharaichean bhusaichean agus thrèanaichean.
- Buidhnean coimhearsnachd.



- Buidhnean siubhail ghnìomhaich (m.e. Sustrans).
- Buidhnean luchd-obrach agus aonaidhean-ciùird.

Tro cho-obrachadh, tha sinn ag amas air taic a thoirt do roghainnean còmhhdhalach nas fheàrr agus builean àrainneachdail is sòisealta co-roinnte a libhrigeadh.

8. Ro-innleachd conaltraidh

Tha conaltradh soilleir agus for-ghnìomhach deatamach airson siubhal gnìomhach a bhrosnachadh. Tha an dòigh-obrach conaltraidh againn a' gabhail a-steach:

- A' toirt seachad fiosrachadh siubhail as ùr air an làraich-lìn agus air an aplacaid againn agus aig puirt.
- A' cleachdadh shoidhnichean agus sgrinichean didseatach gus siubhal gnìomhach agus poblach a chur air adhart.
- A' co-phàirteachadh fios as ùr do luchd-obrach tro shianalan taobh a-staigh.
- A' tarraing aire do dh'iomairtean soirbheachail agus adhartas fa chomhair amasan.
- A' toirt seachad stiùireadh air roghainnean beag-charboin airson an dà chuid luchd-obrach agus luchd-ceannaich.

Tha ro-innleachd conaltraidh èifeachdach a' dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean siubhail so-sheasmhaich faicsinneach, so-ruigsinneach agus furasta ri thuigsinn.



Roinn 6

Plana manaidseadh lùtha

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air èifeachdas lùtha a leasachadh thar nan soithichean, port agus goireasan cladaich againn. Tha manaidseadh lùtha èifeachdach a' lùghdachadh eimiseanan, a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd obrachaidhean, ag isleachadh bhuidhean air an àrainneachd agus a' cur ri eadar-ghluasad na h-Alba do neoni lom.

Tha am Plana Manaidseadh Lùtha seo a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cumail sùil air, a' cumail smachd air agus a' piseachadh cleachdadh lùtha thar an lionraidh againn, a' corpachadh an dà chuid ceuman obrachaidh agus ceuman teigniceach. Tha e a' buntainn ris a h-uile neach-obrach a tha ag obair fo smachd dìreach no neo-dhìreach Chaledonian Mac a' Bhriuthainn.

2. Frèam-obrach gèillidh

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh manaidseadh lùtha fo bhuidh raon de riatanasan reachdail, inbhean gnìomhachais agus dleastanasan cùmhnaint. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- Reachdas gnàth-shìde nàiseanta agus Albannach.
- Riaghailtean àrainneachd na mara, a' gabhail a-steach MARPOL Leas-phàipear VI.
- Riatanasan a thaobh Aithriseadh Simplichte air Lùths agus Carbon (SECR).
- Dleastanasan gèillidh sam bith a thaobh lùths agus eimiseanan airson soitheach fa leth sam bith.
- Riatanasan CHFS3 airson monataireachd, aithriseadh agus stiùbhardachd eimiseanan.

Tha gèilleadh air a leapachadh tron t-Siostam Stiùiridh Àrainneachdail againn, leabhraichean-làimhe obrachaidh shoithichean agus modhannan puirt, a' dèanamh cinnteach gu bheil na dleastanasan laghail air an eadar-theangachadh gu obrachaidhean latha gu latha.

3. Foir-shealladh air gèilleadh reachdail

Tha sinn a' gèilleadh ris a h-uile reachdas mara agus àrainneachdail buntainneach a thaobh cleachdadh lùtha agus eimiseanan. Tha seo a' gabhail a-steach:

- Cuingealachdan riaghailteach air eimiseanan adhair bho shoithichean.
- Riatanasan àithnteil a thaobh monataireachd agus aithriseadh air caitheamh connaidh agus eimiseanan carboin.
- Riatanasan a thaobh manaidseadh lùtha ann an togalaichean agus goireasan cladaich.
- Poileasaidhean nàiseanta agus ionadail air èifeachdas lùtha, càileachd adhair agus dì-charbonachadh.



- Gèilleadh ri prionnsapalan nan inbhean buntainneach, leithid prionnsapalan ISO 50001, far a bheil e buntainneach.

Tha riatanasan reachdail gan glacadh sa Chlàr Lagha Àrainneachdail agus thathar gan ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil co-thaobhadh obrachaidhean agus planadh for-ghnìomhach ann.

4. Ceuman èifeachdas lùtha obrachaidh

Tha sinn a' cleachdadh raon de cheuman obrachaidh gus caitheamh connaidh a lùghdachadh agus èifeachdas lùtha a leasachadh thar a' chabhlaich agus nam port.

Ag amas air a' choileanadh as fheàrr rè chuirtean. Tha sinn ag amas air piseachadh coileanaidh a thaobh obrachaidhean nan soithichean le bhith:

- Ag atharrachadh luaths agus slighe far a bheil sin sàbhailte agus so-dhèanta.
- A' cumail sùil air coileanadh slighe an t-soithich agus a' dèanamh cinnteach nach eil stuth a' fàs air an t-slighe.
- A' cleachdadh dàta fìor-ama gus piseach a thoirt air èifeachdas connaidh.
- A' gabhail ri deagh chleachdadh airson seòladh agus modhan-obrach planadh chuirtean.

Tha na ceuman seo a' cuideachadh gus eimiseanan carboin a lùghdachadh fhad 's a thathar a' glèidheadh sheirbheisean earbsach.

Rèiteachadh uidheamachd

Tha buaidh mhòr aig rèiteachadh uidheamachd air coileanadh lùtha. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil:

- Einneanan is siostaman taiceil ag obrachadh san rèiteachadh as èifeachdaiche air an son.
- Cruthachadh lùtha air a mhaidseadh do dh'iarrrtas an obrachaidh.
- Clàran-ama airson obair-ghlèidhidh a' toirt taic do choileanadh as fheàrr na h-uidheamachd.
- Cothroman gan cleachdadh airson an eallach air an einnean a chothromachadh no suidseadh dheth shiostaman neo-riatanach, far a bheil e sàbhailte.

Far a bheilear a' cleachdadh uidheamachd san dòigh as fheàrr, tha seo a' cuideachadh gus cleachdadh connaidh agus eimiseanan gu h-iomlan a lùghdachadh.

Manaidseadh eallach dealain

Far a bheilear a' manaidseadh shiostaman dealain gu h-èifeachdach, tha seo a' lùghdachadh cleachdadh lùtha neo-riatanach air soithichean agus aig puirt. Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail a-steach:

- A' manaidseadh sholasan, HVAC agus siostaman taiceil gu h-èifeachdach.
- Ag ath-sgrùdadh nan eallachan dealain rè amannan obrachaidh.
- A' cleachdadh rèiteachaidhean airson lùths a shàbhaladh agus smachdan tapaidh far a bheil iad rim faotainn.



- A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan cladaich a' leantainn mhodhannan obrachaidh lùth-èifeachdach.

Tha na ceuman seo a' toirt taic do chleachdadh lùtha nas ìsle agus sàbhalaichean chosgaisean obrachaidh.

5. Ceuman teicnigeach

Tha sinn an geall air ceuman teicnigeach a rannsachadh agus a chur an gnìomh far a bheil iad a' meudachadh èifeachdas lùtha thairis air an fhad-ùine. Dh'fhaodadh iad seo gabhail a-steach:

- Leasachaidhean do ro-iomain lùth-èifeachdach.
- HVAC, solasan agus siostaman smachd nas èifeachdaiche.
- Sligean nan soithichean air an còmhachadh le peant a lùghdaicheas lùth-suathaidh.
- Cleachdadh lùth bhon chladach (far a bheil bun-structar ga cheadachadh).
- Amalachadh bhataraidhean haidhbriod no teicneòlasan beag-charboin eile (le ùmhlachd do ion-dhèantachd agus freagarrachd shoithichean).
- Leasachaidhean ìre na h-uidheamachd agus acainne aig puirt airson èifeachdas nas fheàrr.

Thathar a' cur prìomhachas air leasachaidhean teicnigeach a rèir ion-dhèantachd, cosgaisean, cunnart do dh'obrachaidhean agus buannachdan a thaobh eimiseanan.

6. Monataireachd agus aithriseadh

Tha sinn a' cur an gnìomh monataireachd agus aithriseadh structaraichte gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' manaidseadh coileanadh a thaobh lùths agus eimiseanan gu trìd-shoilleir agus gu mion-cheart.

Tha a' mhonataireachd againn a' gabhail a-steach:

- A' clàradh cleachdadh connaidh air feadh a' chabhlaich.
- A' tracadh cleachdadh lùtha aig goireasan cladaich.
- A' cumail sùil air coileanadh eimiseanan agus ag obrachadh a-mach toraidhean carboin.
- A' mion-sgrùdadh treandaichean obrachaidh agus a' comharrachadh chothroman airson leasachadh.
- Ag aithris taobh a-staigh na buidhne agus do Chòmhdhail Alba.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh a rèir SECR agus dleastanasan reachdail eile.

A' cumail sùil air dàta a tha a' toirt taic do cho-dhùnaidhean stèidhichte air fianais agus èifeachdas obrachaidh nas fheàrr.

7. Leasachadh leantainneach

Tha sinn an geall air leasachadh leantainneach ann am manaidseadh lùtha agus bidh sinn:

- Ag ath-sgrùdadh treandaichean coileanaidh gu cunbhalach.



- A' comharrachadh ghnìomhan leasachaidh le bhith a' cleachdadh dàta mu obrachaidhean agus eimiseanan.
- Ag ath-ùrachadh mhodhan, trèanadh agus stiùireadh gus deagh chleachdadh a nochdadh.
- A' conaltradh le com-pàirtichean gnìomhachais air teicneòlasan agus ùr-ghnàthachaidhean a tha a' nochdadh.
- A' corpachadh leasain ionnsaichte bho sgrùdaidhean, tuiteamasan agus fios air ais bho obrachaidhean.

Tha an dòigh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil am manaidseadh lùtha againn a' co-thaobhadh ri dùilean obrachaidh, riaghailteach agus àrainneachdail.

8. Prìomh chuingealachdan

Ged a tha sinn an geall air coileanadh lùtha a leasachadh, dh'fhaodadh grunn adhbharan buaidh a thoirt air na ghabhas coileanadh gu practaigeach. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- Aois, dealbhadh agus siostaman ro-iomain shoithichean.
- Pròfaidhlean obrachaidh a tha riatanach airson seirbheisean lìn-bheatha a libhrigeadh.
- Cuingealachdadh sìde, tìde-mhara agus seòladaireachd.
- Faotainneachd lùths cladaich no bun-structar ionadail.
- Comasachd na sèine-solair taobh a-muigh, abaichead an teicneòlais agus aontaidhean nan riaghailtichean.
- Cuingealachdan a thaobh ionmhas agus ion-dhèantachd.

Far a bheil cuibhreachaidhean ann, tha sinn fhathast trid-shoilleir agus a' cumail oirnn a' leantainn a h-uile leasachadh a tha practaigeach agus co-rèireach.



Roinn 7

Plana beag-charboin

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air taic a thoirt do dh'eadar-ghluasad do àm ri teachd airson Alba a tha neoni lom le bhith a' lùghdachadh eimiseanan carboin thar nan obrachaidhean againn. Tha am Plana Beag-charboin a' mìneachadh nan gnìomhan a ghabhas sinn gu eimiseanan a lùghdachadh bho na soithichean, puirt, goireasan cladaich agus gnìomhachdan gnothachais againn, fhad 's a tha sinn a' cumail oirnn a' libhrigeadh sheirbheisean aiseig lìn-bheatha deatamach.

Tha am plana seo a' co-thaobhadh ri reachdas gnàth-shìde nàiseanta agus ri gealltanasan àrainneachd na buidhne. Tha e a' buntainn ris a h-uile neach a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean CHFS, a' gabhail a-steach luchd-obrach, cùmhnantaichean agus com-pàirtichean a tha ag obair às ar leth.

2. Amasan ro-innleachdach

Tha ar n-amasan ro-innleachdach a' toirt seachad am frèam-obrach airson eimiseanan carboin a lùghdachadh thar an lìonraidh:

- A' co-thaobhadh ri Neoni Lom ro dheireadh 2045: A' toirt taic do thargaidean reachdail na h-Alba.
- A' lùghdachadh eimiseanan Sgòp 1, 2 agus 3: Thar shoithichean, tèirminealan agus sèineachan-solair.
- A' leapachadh lùghdachadh carboin ann an co-dhùnaidhean: Tron chuairt-bheatha agus mion-sgrùdadh air cosgaisean is buannachdan.
- A' meudachadh aithriseadh agus trid-shoilleireachd: Tro ghlacadh dàta nas fheàrr agus com-pàirteachadh luchd-ùidhe air foir-shealladh eimiseanan

Tha na h-amasan seo a' cuideachadh gus fòcas a chur air gnìomhan a libhrigeas lùghdachaidhean carboin a tha brìghmhor agus so-thomhas.

3. Cothroman lùghdachadh carboin agus measadh air cosgaisean is buannachdan

Tha sinn a-ghnàth ag ath-sgrùdadh agus a' measadh chothroman gus eimiseanan carboin a lùghdachadh. Tha na cothroman seo a' gabhail a-steach leasachaidhean a thaobh obrachaidhean, teicnigeachdan agus modh-giùlain, agus tha iad air am prìomhachasadh a rèir ion-dhèantachd, a' bhuidhne a dh'fhaodadh a bhith aca, cosgais agus riatanasan obrachaidh.

Eisimpleirean de chothroman lùghdachadh carboin

Leasachaidhean obrachaidh

- A' piseachadh pròfaidhean luaths nan soithichean agus chlàran-ama.



- A' leasachadh èifeachdas sligean shoithichean tro obair-ghlèidhidh agus manaidseadh a' pheanta a tha dìon nan sligean.
- A' meudachadh shiostaman planaich agus monataireachd.

Ceuman teicnigeach

- A' dèanamh measadh air ro-iomain haidhbriod no ro-iomain air a chuideachadh le bataraidhean airson ath-ùrachaidhean shoithichean sam àm ri teachd.
- A' cur a-steach siostaman nas èifeachdaiche a thaobh HVAC, sholasan agus smachdachaidh air soithichean agus ann am puirt.
- A' meudachadh comasachdan airson lùths cladaich far a bheil taic ann bho shealbhadair a' bhun-structair.
- A' leasachadh meatairigeachd agus siostaman airson sùil a chumail air lùths.

Leasachaidhean ghoireasan cladaich

- Ag ath-ùrachadh siostaman nan togalaichean airson teas-ghlèidhidh nas fheàrr agus barrachd èifeachdas lùtha.
- A' leasachadh smachdan air solasachadh, teasachadh agus gaotrachadh.
- A' meudachadh ìrean cleacdhaidh bhunan-lùth ath-nuadhachail no beag-charboin far a bheil roghainnean ann.

Atharrachaidhean modh-giùlain agus cultair

- A' brosnachadh roghainnean beag-charboin le luchd-obrach (m.e. còmhdhail uaine, modhan-giùlain lùth-èifeachdach).
- A' leapachadh bhreithneachaidhean carboin ann an solarachadh agus ann am planadh phròiseactan.

Measadh air cosgaisean is buannachdan

Thathar a' measadh gach cothrom lùghdachaidh carboin a rèir:

- Sàbhaladh tuairmsichte ann an eimiseanan.
- Cosgais calpa agus obrachaidh.
- Riatanasan bun-structair.
- Cuingealachdan obrachaidh nan soithichean no nam port.
- Ìmpleachdan airson obair-ghlèidhidh agus cearcall-beatha.
- Co-thaobhadh riaghailteach agus ri riathanasan ris a bheilear an dùil san àm ri teachd.

Tha cothroman a tha a' tabhann na buannachd carboin as àirde an coimeas ri cosgais agus ion-dhèantachd obrachaidh air am prìomhachasadh airson cur an gnìomh.



4. Monataireachd agus aithriseadh

Tha sinn a' gabhail dòigh-obrach structaraichte a thaobh sùil a chumail air eimiseanan agus aithris air adhartas, a' dèanamh cinnteach gu bheil trìd-shoilleireachd agus cunntasachd ann.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' tracadh cleachdadh connaidh thar a' chabhlaich agus ag obrachadh a-mach eimiseanan ceangailte.
- A' cumail sùil air cleachdadh lùtha ann am puirt agus togalaichean.
- A' clàradh phrìomh chomharran coileanaidh a tha a' tomhas adhartas a thaobh amasan beag-charboin.
- A' cleachdadh fhrèamaichean-obrach leithid Aithriseadh Sìmplichte air Lùths agus Carbon (SECR) far a bheil e buntainneach.
- A' toirt seachad fios as ùr do Chòmhdhail Alba.
- A' mion-sgrùdadh treandaichean gus cothroman ùra airson lùghdachadh eimiseanan a chomharrachadh.

Tha monataireachd mhionaideach a' toirt taic do cho-dhùnaidhean fiosraichte agus a' dèanamh cinnteach gu bheil lùghdachadh carboin fhathast mar fhòcas fìor-chudromach thar nan obrachaidhean againn.

5. Leasachadh leantainneach

Bidh sinn a' sìor leasachadh na dòigh-obrach againn a thaobh manaidseadh carboin le bhith:

- Ag ath-sgrùdadh coileanadh agus ag ath-ùrachadh a' Phlana Beag-charboin gu cunbhalach.
- A' corpachadh leasain bho sgrùdaidhean, deuchainnean ùr-ghnàthachaidh agus fios air ais bho obrachaidhean.
- A' com-pàirteachadh bhuidhnean gnìomhachais, riaghailteachan agus solaraichean teicneòlais air fuasglaidhean dì-charbonachaidh a tha a' nochdadh.
- Ag ath-ùrachadh mhodhan, stiùireadh agus trèanadh a rèir deagh chleachdadh atharrachail.
- A' cothromachadh chothroman gus co-obrachadh le solaraichean is com-pàirtichean a mheudachadh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil breithneachaidhean carboin air an leapachadh ann an co-dhùnaidhean air tasgaidhean mòra agus ann am planadh airson a' chabhlaich san àm ri teachd.

Tha an gealltanais seo a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn fhathast a' co-thaobhadh ri àrd-amasan na h-Alba a thaobh gnàth-shìde agus a' cumail oirnn a' lùghdachadh eimiseanan fhad 's a thathar a' libhrigeadh sheirbheisean aiseig deatamach, ann an dòigh earbsach.



Roinn 8

Plana Manaidseadh Càileachd Adhair

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air manaidseadh agus lùghdachadh eimiseanan a tha a' toirt buaidh air càileachd adhair thar nan soithichean, port agus goireasan cladaich againn. Mar phàirt den phlana pàrant, am Plana air Stiùireadh Àrainneachdail, tha am Plana Manaidseadh Càileachd Adhair a' cur an cèill frèam-obrach airson mar a tha sinn a' cumail sùil air, a' cumail smachd air agus a' fìor-lùghdachadh eimiseanan adhair ann an co-cheangal ri lìbhrigeadh sheirbheisean aiseig lìn-bheatha thar lìonra Chluaidh agus Innse Gall.

Tha am plana seo a' toirt taic do ghealltanasan àrainneachdail nas fharsainge le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ri reachdas buntainneach, a' cur piseach air tuigse air eimiseanan obrachaidh, agus a' comharrachadh chothroman gus lùghdachadh a dhèanamh air truailleanan a tha a' toirt buaidh air slàinte luchd-ceannaich, choimhearsnachdan is luchd-obrach agus air an àrainneachd. Tha e cuideachd a' toirt seachad an structar sam bi sinn ag aithris air eimiseanan, a' manaidseadh coileanadh agus ag ullachadh airson riatanasan a nochdas, leithid com-pàirteachadh saor-thoileach ann an sgeamaichean malairt eimiseanan san àm ri teachd.

Le bhith ag amalachadh bhreithneachaidhean air càileachd adhair ann an co-dhùnaidhean, obrachaidhean shoithichean agus planadh fad-ùine, tha am plana seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi Caledonian Mac a' Bhriuthainn a' cumail orra ag obrachadh gu sàbhailte, gu cunntasach agus ann an co-rèir ri amasan nas fharsainge na h-Alba a thaobh gnàth-shìde agus càileachd adhair.

2. Amasan

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air manaidseadh agus lùghdachadh eimiseanan a tha a' toirt buaidh air càileachd adhair thar nan soithichean, port agus goireasan cladaich againn. 'S e adhbhar a' Phlana Manaidseadh Càileachd Adhair a bhith:

- A' lùghdachadh eimiseanan cronail ceangailte ri obrachaidhean aiseig.
- A' toirt taic do ghèilleadh ris a h-uile inbhe bhuntainnich a thaobh càileachd adhair agus eimiseanan mara.
- A' toirt piseach air toraidhean àrainneachdail airson choimhearsnachdan costail is eileanach.
- A' toirt taic do thargaidean nas fharsainge na h-Alba a thaobh gnàth-shìde agus càileachd adhair.
- A' cur air adhart cultar leasachaidh leantainnich agus coileanadh àrainneachdail cunntasach.

Tha breithneachaidhean air càileachd adhair mar phàirt fìor-chudromach de na h-uallaichean àrainneachdail oirnn agus tha iad a' stiùireadh nan co-dhùnaidhean againn air obrachaidhean.

3. Frèam-obrach laghail agus riaghailteach

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh manaidseadh càileachd adhair air a stiùireadh le raon ioma-chuimseach de riaghailtean àrainneachdail agus mara, a' gabhail a-steach:



- MARPOL Leas-phàipear VI (truailleadh adhair bho bhàtaichean).
- Reachdas na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba air càileachd adhair agus inbhean nàiseanta.
- Riatanasan a thaobh smachd air eimiseanan airson shoithichean, uidheamachd agus boidhlean.
- Dleastanasan a thaobh Aithriseadh Sìmplichte air Lùths agus Carbon (SECR).
- Riatanasan a thaobh Monataireachd, Aithriseadh agus Dearbhadh (MRV) airson eimiseanan shoithichean.
- Frèamaichean-obrach càileachd adhair nan ùghdarrasan ionadail agus poileasaidhean roinneil a thaobh còmhdhail/àrainneachd.

Thathar air na riathanasan seo a chorpachadh sa Chlàr Lagha Àrainneachdail againn agus thathar gan ath-ùrachadh mar a tha reachdas agus inbhean ag atharrachadh.

4. Frèam-obrach aithrisidh eimiseanan

Tha sinn a' cleachdadh frèam-obrach aithrisidh structaraichte gus dèanamh cinnteach à trìd-shoilleireachd agus gèilleadh ri riathanasan aithriseadh eimiseanan nàiseanta agus mara.

Aithriseadh Sìmplichte air Lùths agus Carbon (SECR)

Tha sinn ag aithris eimiseanan carboin agus cleachdadh lùtha na buidhne ann an co-rèir ri riathanasan SECR. Tha seo a' gabhail a-steach dàta ceangailte ri:

- Cleachdadh connaidh thar a' chabhlaich.
- Cleachdadh lùtha ann an goireasan cladaich.
- Eimiseanan carboin co-cheangailte.
- Ceuman èifeachdais lùtha air an cur an gnìomh rè na h-ùine aithrisidh.

Tha aithriseadh SECR a' dèanamh cinnteach gu bheil cunntasachd ann agus tha e a' toirt taic do leasachadh leantainneach ann an coileanadh eimiseanan.

Monataireachd, Aithriseadh agus Dearbhadh (MRV)

Tha sinn a' gèilleadh ri riathanasan MRV airson eimiseanan mara. Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' tionail dàta mion-cheart mu chonnadh agus cuairtean.
- Ag obrachadh a-mach eimiseanan carboin dà-ogsaid airson shoithichean le ùmhlachd do aithriseadh MRV.
- A' cumail chlàran so-sgrùdaidh airson dearbhadh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' co-thaobhadh ri planaichean monataireachd aithnichte.

Tha an dòigh-obrach againn a' dèanamh cinnteach gu bheil aithriseadh trìd-shoilleir agus gèilleach ann air eimiseanan a tha a' co-thaobhadh ri frèamaichean-obrach buntainneach na Rìoghachd Aonaichte agus Buidheann Eadar-nàiseanta na Mara (IMO).



Eadar-ghluasad gu UK ETS Saor-thoileach

Ged nach eil Sgeama Malairt Eimiseanan na Rìoghachd Aonaichte (UK ETS) a' còmhachadh obrachaidhean mara gu buil fhathast, tha sinn a' cumail sùil air leasachaidhean san raon seo agus bidh sinn ag ullachadh airson gèilleadh san àm ri teachd le bhith:

- A' tracadh pròfaidhlean nan eimiseanan thar a' chabhlaich.
- Ag ath-sgrùdadh ion-dhèantachd airson dàta a cho-thaobhadh ri riatanasan an UK ETS.
- A' comharrachadh cheumannan teicnigeach agus obrachaidh a tha a' toirt taic do dh'eadar-ghluasad san àm ri teachd.
- A' conaltradh le riaghlaidhean agus buidhnean gnìomhachais gus tuigse fhaighinn air na dùilean a tha a' nochdadh.

Tha an dòigh-obrach fhor-ghnìomhach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn deiseil a bhith a' freagairt gu h-èifeachdach nuair a tha poileasaidh agus uidheaman margaid ag atharrachadh.

5. Monataireachd agus tional dàta

Tha sinn a' cumail sùil air coileanadh càileachd adhair tro bhith:

- A' clàradh cleachdadh connaidh nan soithichean agus pròfaidhlean obrachaidh.
- A' cumail sùil air toraidhean eimiseanan, a' gabhail a-steach CO₂, NO_x, SO_x agus mion-duslach, far a bheil e buntainneach.
- A' tracadh cleachdadh lùtha nan goireasan cladaich agus eimiseanan ceangailte.
- Ag ath-sgrùdadh dàta obrachaidh gus tuigse fhaighinn air na tha ag adhbharachadh eimiseanan.
- A' gabhail os làimh sgrùdaidhean agus rannsachaidhean far a bheil feum ann orra.
- Ag obair le cùmhnantaichean agus solaraichean gus dàta buntainneach air eimiseanan a thional.

Tha monataireachd gar comasachadh a bhith a' comharrachadh raointean leasachaidh agus a' toirt taic do cho-dhùnaidhean stèidhichte air fianais.

6. Raointean leasachaidh

Tha sinn a' leantainn oirnn a' rannsachadh chothroman gus lùghdachadh a dhèanamh air eimiseanan a tha a' toirt buaidh air càileachd adhair. Tha prìomh raointean a' gabhail a-steach:

- A' leasachadh èifeachdas lùtha shoithichean.
- A' togail air cleachdaidhean obrach, leithid slighean air am piseachadh agus a' freagarrachadh eallach air an einnsean.
- A' lùghdachadh na h-ùine far a bheil an t-einnsean a' ruith gu dìomhain air soithichean agus air carbadan.
- A' rannsachadh chothroman airson connadh beag-charboin agus connaidhean eile.



- A' leasachadh bun-structar nam port gus taic a thoirt do dh'obrachaidhean nas glaine.
- A' meudachadh càileachd dàta agus shiostaman airson sùil a chumail air buaidh càileachd an adhair.

Tha na leasachaidhean seo air am prìomhachasadh a rèir ion-dhèantachd, riatanasan obrachaidh agus na buannachdan a dh'fhaodadh tighinn a thaobh eimiseanan.

Mapa airson buileachadh

Tha am mapa againn airson leasachaidhean càileachd adhair a thoirt gu buil a' gabhail a-steach:

- Gnìomhan gearr-ùineach: monataireachd nas fheàrr, èifeachdasan obrachaidh, lùghdachadh na h-ùine far a bheil einnseanan a' ruith gu dìomhain.
- Gnìomhan meadhan-ùineach: ath-ùrachaidhean teicnigeach, siostaman dàta nas fheàrr, meudachaidhean don bhun-structar.
- Gnìomhan fad-ùineach: amalachadh chonnaidhean eile, fuasglaidhean haidhbriod, deisealachd lùtha cladaich, nodhachadh a' chabhlaich (le ùmhlachd do cho-dhùnidhean a thaobh ion-dhèantachd agus tasgadh).

Thathar ag ath-sgrùdadh adhartas gu cunbhalach agus ga cho-thaobhadh ri inbhean a tha a' nochdadh sa ghnìomhachas.



Roinn 9

Plana Manaidseadh Eag-eòlais

1. Facal toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn ag obrachadh ann an cuid de na h-àrainneachdan mara is costail as cudromaiche ann an Alba. Tha am Plana Manaidseadh Eag-eòlais a' cur an cèill mar a tha sinn a' glèidheadh bith-iomadachd, a' fìor-lùghdachadh buaireadh eag-eòlasach agus a' toirt taic do dh'ath-sheasmhachd nan àrainnean is gnèithean a lorgar thar lìonra Chluaidh is Innse Gall.

Tha am plana a' buntainn don h-uile ghnìomhachd, a' gabhail a-steach obrachaidhean shoithichean, gnìomhachdan phort, obraichean-glèidhidh agus foincseanan cladaich buntainneach. Tha e a' toirt taic don Phlana air Stiùireadh Àrainneachdail nas fharsainge agus tha e a' nochdadh an uallaich a tha oirnn a bhith a' dìon na h-àrainneachd nàdarra airson nan ginealaichean làithreach agus ri teachd.

2. Poileasaidh Àrainneachdail

Tha am Poileasaidh Àrainneachdail againn a' dèanamh gealltanais air truailleadh a ro-chasg, bith-iomadachd a dhìon agus an coileanadh àrainneachdail againn a leasachadh gu leantainneach. A thaobh eag-eòlas, tha seo a' ciallachadh gum bi sinn:

- Ag obrachadh ann an dòigh a tha a' fìor-lùghdachadh buaireadh do dh'àrainnean mara is costail.
- A' gabhail cheumannan gus buaidhean air gnèithean dìonta agus làraichean ainmichte a lùghdachadh no a chasg.
- A' gèilleadh ris an reachdas uile a thaobh glèidhteachas nàdair agus glèidhteachas eag-eòlasach a tha buntainneach.
- Ag amalachadh bhreithneachaidhean eag-eòlasach ann am planadh, obrachaidhean agus gnìomhachdan glèidhidh.
- Ag obair le riaghaltaichean, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean gus builean àrainneachdail a mheudachadh.

Tha am Plana Manaidseadh Eag-eòlais a' toirt seachad frèam-obrach practaigeach airson na gealltanais poileasaidh seo a libhrigeadh.

3. Fòcas eag-eòlasach

Tha am fòcas eag-eòlasach againn a' nochdadh feartan air leth a' Chosta an Iar agus nàdar nan obrachaidhean againn. Tha prìomh chuspairean a' gabhail a-steach:

- Àrainnean dìonta agus sònraichaidhean – leithid Àrainnean Glèidhte Mara (MPAs), Ionadan Sònraichte Glèidhteachais (SACs), Àitichean Sònraichte Dìona (SPAs), Ionadan de Shùim Shònraichte Shaideansail (SSSIs) agus làraichean ainmichte ionadail eile a tha a' tar-iadhadh nan slighean, port agus acarsaidean againn.



- Àrainnean prìomhachais – a’ gabhail a-steach leapannan de bhilearach-mara, coilltean ceilpe, sònaichean eadar-thràghaidh, cladaichean creagach agus àrainnean cugallach air grunn na mara.
- Gnèithean dìonta agus prìomhachais – leithid mamalan mara (m.e. leumadairean-mara, poirceanan, mucan-mara, ròin), eòin-mhara, èisg-imrich agus gnèithean eile a tha nan cùisean-iomagain a thaobh glèidhteachas.
- Eadar-aghaidhean obrachaidhean – mar eisimpleir, ann an acarsaidean, docadh, tionndadh, air acair, dreideireachd (far a bheil e buntainneach), gnìomhachdan obrach-glèidhidh agus leasachaidhean air tìr a dh’fhaodadh buaidh a thoirt air feartan eag-eòlasach cugallach.

’S e an dòigh-obrach againn a bhith a’ comharrachadh far a bheil na gnìomhachdan againn ag eadar-obrachadh leis na lorgairean eag-eòlasach seo agus a bhith a’ cur an gnìomh ceumannan co-rèireach gus droch bhuaidhean a sheachnadh no a lùghdachadh.

4. Measadh cunnairt agus mion-sgrùdadh buaidh

Tha measadh cunnairt eag-eòlasach agus mion-sgrùdadh buaidh aig teas-meadhan na dòigh-obrach stiùiridh againn.

Bidh sinn:

- A’ comharrachadh chugallachdan eag-eòlasach air na slighean againn, ann an raointean calaidh agus aig goireasan cladaich, a’ gabhail a-steach làraichean ainmichte agus àitichean a tha ainmeil airson fiadh-bheatha.
- A’ measadh nam buaidhean a dh’fhaodadh a bhith aig obrachaidhean agus gnìomhachdan planaichte (m.e. atharrachaidhean do chlàran-ama, bun-structar ùr, obraichean-glèidhidh) air àrainnean agus air gnèithean.
- A’ beachdachadh air èifeachdan tionalach, gu h-àraid far am faodadh iomadh gnìomhachd no gnìomharaiche cur ri cuideaman eag-eòlasach.
- A’ cleachdadh uidheaman measaidh cunnairt cho-rèirich, a’ tarraing air dàta àrainneachdail làithreach, stiùireadh reachdail agus measaidhean sònraichte do làraichean far a bheil feum ann orra.
- A’ corpachadh maothachadh ann am planadh agus obrachaidhean, leithid roghainn slighe, manaidseadh luaths, timeachadh ràitheil agus sònaichean bufair no às-dùnaidh.

Far a bheil pròiseactan no gnìomhachdan ag adhbharachadh riatanasan measaidh nas mionaidiche (mar eisimpleir, fo Riaghailtean Àrainnean no fo reachdas Measadh Buaidh air an Àrainneachd), bidh sinn a’ co-obrachadh leis na h-ùghdarrasan buntainneach gus dèanamh cinnteach gu bheil cunnartan eag-eòlasach air an tuigsinn agus air an làimhseachadh gu h-ìomchaidh.

5. Frèam-obrach laghail

Tha am manaidseadh eag-eòlasach againn air a stiùireadh le raon de laghan is poileasaidhean eadar-nàiseanta, na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba. Tha prìomh eileamaidean a’ gabhail a-steach:



- Reachdas air glèidhteachas nàdar agus bith-iomadachd (m.e. Achd Fiadh-bheatha agus Dùthaich, Achd Glèidhteachas Nàdair (Alba), Steòrnaidhean Àrainnean agus Èoin mar a chuireadh an gnìomh ann an lagh na Rìoghachd Aonaichte).
- Achd na Mara (Alba) agus sònrachaidhean Raointean Mara Glèidhte ceangailte.
- Riatanasan a thaobh ghnèithean dìonta, buaireadh agus dìon àrainnean.
- Ceadachadh chalachan agus mara, far bheil e buntainneach do bhuidhean eag-eòlasach.
- Còd Faire Fiadh-bheatha Mara na h-Alba agus stiùireadh ceangailte air deagh chleachdadh.

Tha na riatanasan seo air an corpachadh sa Chlàr Lagha Àrainneachdail againn agus thathar gan ath-sgrùdadh bho àm gu àm airson atharrachaidhean reachdais agus poileasaidh a nochdadh.

6. Ceumannan manaidsidh

Tha sinn a' cleachdadh raon de cheumannan obrachaidh is teicnigeach gus cunnart eag-eòlasach a mhanaidseadh agus buaidhean air àrainneachdan mara is costail a lùghdachadh.

Biofouling / Doca tioram

Faodaidh *biofouling* air sligean shoithichean cur ri sgaoileadh ghnèithean neo-dhùthchasach agus buaidh a thoirt air èifeachdas an t-soithich. Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail a-steach:

- A' cleachdadh peant freagarach air sligean agus clàr-ama obrach-glèidhidh airson dèiligeadh ri *biofouling*.
- A' planadh ùineachan ann an doca tioram agus glanadh na slige ann an goireasan freagarrach le ullachaidhean iomchaidh airson smachdachadh agus manaidseadh sgudail.
- A' seachnadh glanadh shoithichean san uisge far a bheil cunnart ann gum bithear a' leigeil fa sgaoil gnèithean neo-dhùthchasach no fuighleach cronail, mura bheilear ga dhèanamh fo chumhaichean smachdaichte, ceadaichte.
- A' cumail sùil air stiùireadh air gnèithean neo-dhùthchasach agus a' cur an gnìomh deagh chleachdadh gus cunnartan fhìor-lùghdachadh.

Tha na ceuman seo a' toirt taic an dà chuid do dhìon eag-eòlasach agus èifeachdas lùtha.

Manaidseadh uisge balaiste

Ged nach eil na h-obrachaidhean dùthchail againn fo bhuidh nan aon dleastanasan eadar-nàiseanta a thaobh uisge balaiste 's a tha aig luingeas fad-astarach, tha sinn ag aithneachadh na buaidhe eag-eòlasach a dh'fhaodadh a bhith aig uisge balaiste. Bidh sinn:

- A' leantainn riatanasan buntainneach nàiseanta agus deagh chleachdadh a thaobh manaidseadh uisge balaiste.
- A' seachnadh obrachaidhean balaiste mì-riatanach ann an ceàrnaidhean le àrainneachd chugallach far a bheil seo so-dhèanta.
- A' cumail suas mothachadh air dùilean riaghailteach a tha a' nochdadh agus deagh chleachdadh a thaobh manaidseadh uisge balaiste.



- A' leapachadh bhreithneachaidhean balaiste a-steach gu planadh shlighean agus obrachaidhean far a bheil e buntainneach.

Tha seo a' cuideachadh ann a bhith a' lùghdachadh a' chunnairt gum bithear a' toirt a-steach no a' sgaoileadh ghnèithean mara neo-dhùthchasach.

A' cleachdadh nan slighean as fheàrr

Faodaidh co-dhùnaidhean air slighe agus luaths buaidh a thoirt air fiadh-bheatha agus àrainnean cugallach. Tha na ceuman againn a' gabhail a-steach:

- A' beachdachadh air cugallachdan eag-eòlasach nuair a thathar a' planadh no ag ath-sgrùdadh shlighean agus phàtranan obrachaidh.
- A' cur an gnìomh manaidseadh luaths no ceuman comhairleachaidh ann an àitichean a tha ainmeil airson fiadh-bheatha, far a bheil seo iomchaidh agus sàbhailte.
- A' fìor-lùghdachadh gluasad mì-riatanach no leigeil acair ann an ceàrnaidhean le eag-eòlas cugallach.
- A' corpachadh bhreithneachaidhean eag-eòlasach ann am measaidhean cunnairt airson shlighean ùra no atharraichte.

Tha na ceumannan seo a' cuideachadh ann a bhith a' lùghdachadh buaireadh air mamalan mara, eòin-mhara agus fiadh-bheatha eile.

7. Dreuchdan agus dleastanasan

Tha manaidseadh eag-eòlais èifeachdach an eisimeil air uallaichean soilleir, a thathar a' mìneachadh gu h-ìosal:

- Bòrd agus sgioba an Luchd-stiùiridh – a' toirt seachad foir-shealladh ro-innleachdach, a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan agus obair ann gus taic a thoirt do ghealltanasan eag-eòlasach mar phàirt de riaghlachas àrainneachdail iomlan.
- Sgioba àrainneachdail – a' cumail suas taobhan eag-eòlasach a' Phlana air Stiùireadh Àrainneachdail, a' toirt seachad comhairle speisealach, agus a' com-pàirteachadh le riaghlaidhean agus luchd-ùidhe.
- Manaidsearan Obrachaidh (Cabhlach agus Puirt) – a' dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan eag-eòlasach gan cur an gnìomh ann an obrachaidhean làitheil, a' gabhail a-steach cleachdaidhean slighe, docadh, agus gnìomhachdan glèidhidh.
- Maighistirean agus Àrd-oifigearan – a' cur an gnìomh modhannan eag-eòlasach air bòrd, a' gabhail a-steach mothachadh fiadh-bheatha, manaidseadh luaths far a bheil e iomchaidh agus aithris air eadar-ghabhailean fiadh-bheatha brìoghmhor.
- Manaidsearan Chalachan agus Phort – a' beachdachadh air cugallachdan eag-eòlasach ann an obrachaidhean ionadail, obair-ghlèidhidh agus gnìomhachdan leasachaidh.
- A h-uile Neach-obrach agus Cùmhnantaiche – a' leantainn stiùireadh eag-eòlasach, ag aithris sheallaidhean fiadh-bheatha agus thuiteamasan, agus a' toirt taic do dhìon nan àrainnean agus gnèithean mar phàirt den dreuchd aca.



8. Monataireachd

Tha sinn a' cumail sùil air eadar-ghabhailean eag-eòlasach gus cunnartan a thuigsinn agus taic a thoirt do leasachadh leantainneach. Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' clàradh sheallaidhean fiadh-bheatha buntainneach agus eadar-ghabhailean ion-chomharraichte le criutha no luchd-obrach cladaich.
- A' tracadh thuiteamasan sam bith san robh fiadh-bheatha an sàs (m.e. strandaichean ann an raointean obrachaidh, cunnartan co-bhualaidh, dòigh-ghiùlain mhì-àbhaisteach).
- Ag ath-sgrùdadh dàta àrainneachdail a tha rim faotainn agus rannsachaidhean airson prìomh shlighean agus phuirt.
- A' gabhail pàirt ann an iomairtean monataireachd ionadail no roinneil, agus a' toirt taic dhaibh, far a bheil e iomchaidh.
- A' cleachdadh dàta bho chumail sùil air gnothaichean gus measaidhean cunnairt, trèanadh agus ceumannan manaidsidh fhiosrachadh.

Tha monataireachd gar cuideachadh an lorg carboin againn a thuigsinn nas fheàrr agus na cleachdaidhean againn fhìneachadh dha rèir.

9. Mothachadh

Far a bheilear ag àrdachadh mothachadh am measg luchd-obrach agus luchd-ceannaich, tha seo a' toirt taic do mhodh-ghiùlain cunntasach mu àrainneachdan cugallach. Bidh sinn:

- A' toirt seachad stuthan air mothachadh eag-eòlasach agus fiadh-bheatha airson luchd-obrach aig muir agus air cladaich, air am freagarrachadh a rèir an dreuchdan.
- A' cur air adhart deagh chleachdadh ann an co-rèir ri Còd Faire Fiadh-bheatha Mara na h-Alba.
- A' gabhail a-steach teachdaireachdan cudromach air eag-eòlas ann an trèanadh, brathan-aithris agus conaltradh air an taobh a-staigh.
- Far a bheil e iomchaidh, a' co-phàirteachadh fiosrachadh le luchd-ceannaich mu fhiadh-bheatha ionadail agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt spèis do dh'àrainnean cugallach.

Tha mothachadh a' cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil breithneachaidhean eag-eòlasach air an leapachadh ann an co-dhùnaidhean làitheil.

10. Ullamhachd èiginn agus freagairt

Tha cuid de thuiteamasan—leithid tachartasan truailidh, grunnachaidhean no fìor dhroch shìde—comasach air cunnartan adhbharachadh do dh'eag-eòlas agus fiadh-bheatha. Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail a-steach:

- A' corpachadh bhreithneachaidhean eag-eòlasach ann am planaichean èiginn agus freagairt ri truailleadh.



- A' toirt fa-near làraichean agus gnèithean dìonta nuair a thathar a' prìomhachadh ghnìomhan freagairt.
- A' com-pàirteachadh le riaghlaichean àrainneachdail agus buidhnean speisealta rè tuiteamasan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air àrainnean cugallach no fiadh-bheatha.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachdan glanaidh agus ath-shlànachaidh air am planadh agus air an gabhail os làimh le cugallachdan eag-eòlasach san aigne.

Tha seo a' neartachadh ar comasachd a bhith a' dìon na h-àrainneachd rè agus an dèidh suidheachadh-èiginn.

11. Modhannan teasairginn fiadh-bheatha

Mar ghnìomharaiche bhàtaichean aiseig, tha sinn ag aithneachadh gum faod, o àm gu àm, an luchd-obrach againn tachairt air fiadh-bheathaichean lèonta, tràighte no ann an àmhghar rè an cuid obrach. Bidh sinn:

- A' toirt seachad stiùireadh do luchd-obrach air dè bu chòir dhaibh dèanamh ma thachras iad air fiadh-bheathaichean ann an àmhghar, a' gabhail a-steach cò thuige am bu chòir dhaibh fios a chur (m.e. SSPCA, British Divers Marine Life Rescue, buidhnean teasairginn fiadh-bheatha ionadail, no ùghdarrasan buntainneach).
- A' dèanamh cinnteach nach bi luchd-obrach a' làimhseachadh no a' dol san eadraiginn le fiadh-bheatha mura bheil iad air an trèanadh a dh'aon-ghnothach agus ùghdarraichte airson sin.
- Ag aithris thuiteamasan buntainneach gu luath do na buidhnean freagarrach agus a' co-obrachadh leis an stiùireadh a bheir iad seachad.
- A' clàradh thuiteamasan den leithid sin far a bheil iad ag eadar-ghearradh leis na h-obrachaidhean againn, a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus mothachadh agus planadh san àm ri teachd fhiosrachadh.

Tha an dòigh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil fiadh-bheatha ann an àmhghar air a làimhseachadh le speisealaichean freagarrach, le dreuchd thaiceil agus chunntasach aig an luchd-obrach againn.



Roinn 10

Plana Eaconamaidh Chearcallach

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air prionnsapalan na h-eaconamaidh cearcallaich a leapachadh thar nan obrachaidhean againn gus sgudal a lùghdachadh, beatha stuthan agus uidheamachd a leudachadh agus taic a thoirt do dh'eadar-ghluasad na h-Alba do eaconamaidh a tha nas èifeachdaiche a thaobh ghoireasan. Tha am Plana Eaconamaidh Chearcallach seo a' mìneachadh mar a tha sinn a' cur an gnìomh prionnsapalan cearcallach ann an cleachdadh, mar a tha sinn a' gèilleadh ri reachdas buntainneach agus na ceumannan a tha sinn a' gabhail gus am faod sinn co-thaobhadh barrachd ri inbhean eadar-nàiseanta a tha a' nochdadh.

2. Frèam-obrach gèillidh

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh na h-eaconamaidh cearcallaich a' faighinn taic bho fhrèam-obrach gèillidh a tha ag amalachadh:

- Poileasaidh nàiseanta air sgudal agus èifeachdas ghoireasan.
- Reachdas agus stiùireadh Albannach air an eaconamaidh cearcallaich.
- Riatanasan taobh a-staigh a' Chlàir Lagha Àrainneachdail.
- Dleastanasan solarachaidh ceangailte ri ath-chleachdadh, comas ath-chuairteachaidh agus buaidh àrainneachdail lùghdaichte.

Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil gealltanasan na h-eaconamaidh cearcallaich air an corpachadh taobh a-staigh planaidh obrachaidhean, pròiseasan solarachaidh, manaidseadh sgudail agus gnìomhachdan manaidseadh sho-mhaoinean.

3. Gèilleadh reachdail

Tha sinn ag obrachadh ann an dòigh a tha a' gèilleadh ris an reachdas bhuntainneach uile a thaobh na h-eaconamaidh cearcallaich agus sgudail, a' gabhail a-steach:

- Riaghailtean Sgudail (Alba).
- Riatanasan a thaobh dleastanasan an luchd-dèanaimh (m.e., pacaideadh, WEEE, bataraidhean).
- Riaghailtean Dleastanas Cùraim airson luchd-dèanaimh sgudail.
- Riatanasan a thaobh làimhseachadh tèarainte agus sgrios nithean-sgudail sa bheil dàta.
- Riatanasan fo Achd Dìon na h-Àrainneachd a thaobh stòradh, sgaradh agus tar-aiseag stuthan.

Tha riathanasan reachdail air an glacadh taobh a-staigh a' Chlàir Lagha Àrainneachdail agus thathar gan ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil obrachaidhean fhathast a' gèilleadh agus a' co-thaobhadh riutha.



4. Mar a tha prionnsapalan cearcallach gan cur an gnìomh an-dràsta

Tha sinn mar-thà a' cur an gnìomh prionnsapalan na h-eaconamaidh cearcallaich thar grunn raointean gnothachais, a' fòcasachadh air ath-chleachdadh, ath-chàrachadh, ath-bhuannachadh agus cuidhteachadh gu cunntasach.

Ath-chàrachadh, ath-uidheamachadh, ath-chleachdadh agus ath-chur gu obair eile

Tha sinn a' meudachadh luach sho-mhaoinean agus uidheamachd le bhith:

- A' prìomhachadh càradh seach ionadachadh far a bheil e ion-dhèanta.
- Ag ath-uidheamachadh innealan no co-phàirtean gus am beatha obrachaidh a leudachadh.
- Ag ath-chur nithean anabharrach gu obair eile taobh a-staigh na buidhne gus solarachadh ùr a lùghdachadh.
- A' cleachdadh shlatan-tomhais solarachaidh a tha fàbharach do bhathar maireann, so-chàireadh.
- Ag obair le solaraichean gus taic a thoirt do thoir-air-ais, ath-uidheamachd no roghainnean ath-ùrachaidh.

Tha na ceumannan seo a' lùghdachadh sgudal, a' piseachadh luach a' chearcaill-bheatha agus ag isleachadh bhuidhean carboin.

Ath-chuairteachadh cunntasach

Airson stuthan nach gabh ath-chleachdadh no ath-chàrachadh, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ag ath-chuairteachadh gu cunntasach agus gu gèilleach tro bhith:

- A' sgaradh stuthan a ghabhas ath-chuairteachadh aig puirt, oifisean agus air bòrd shoithichean.
- Ag ath-chuairteachadh mheatailtean, uidheamachd dealain, bataraidhean, olaichean agus stuthan so-aiseag eile.
- A' cleachdadh chùmhantaichean ceadaichte airson sgudal a tha a' solarachadh shlighean ath-chuairteachaidh agus ath-shlànachaidh firinnichte.
- A' cumail sùil air coileanadh ath-chuairteachaidh agus a' comharrachadh chothroman gus reataichean ath-chuairteachaidh a mheudachadh.
- A' brosnachadh luchd-ceannaich agus luchd-obrach a bhith ag ath-chuairteachadh gu ceart le bhith a' cleachdadh shoidhnichean soilleir, co-chòrdail.

Tha seo a' toirt taic do dh'amasan nas fharsainge na h-Alba a thaobh na h-eaconamaidh cearcallaich agus a' lùghdachadh an uireid de sgudal a tha a' dol gu lìonadh-talmhainn.

Gèilleadh tèarainteachd dàta

Gheibhear dàta pearsanta no obrachaidh air iomadh so-mhaoin dealain no didseatach. Tha sinn a' dèanamh cinnteach à làimhseachadh gèilleach le bhith:

- A' leantainn riathanasan UK GDPR agus Achd Dìon Dàta.



- A' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile uidheam a tha a' giùlan dàta air a shuathadh gu tèarainte no air a sgrios ro chuidhteachadh no ath-chleachdadh.
- A' cleachdadh chùmhantaichean ceadaichte a tha a' coileanadh inbhean tèarainteachd dàta gus cuidhteachas fhaighinn de sho-mhaoinean Teicneòlais Fiosrachaidh.
- A' cumail chlàran so-lorg air pròiseasan airson cuidhteachadh dàta gu tèarainte.

Tha na ceumannan seo a' dìon dàta pearsanta agus obrachaidhean fhad 's a thathar a' toirt taic do dh'ath-chuairteachadh cunntasach agus ath-bhuannachadh`.

5. Ceuman a' co-thaobhadh ri prionnsapalan ISO 59004

Tha ISO 59004 a' toirt seachad stiùireadh air briathrachas, prionnsapalan agus frèam-obrach na h-eaconamaidh cearcallaich. Airson co-thaobhadh ris an inbhe atharrachail seo, bidh sinn:

- Ag ath-sgrùdadh chleachdaidhean làithreach agus a' comharrachadh bheàrnan fa chomhair an stiùiridh ISO 59004.
- A' neartachadh smuaineachadh air cearcall-beatha ann an solarachadh, manaidseadh sho-mhaoinean agus planadh phròiseactan.
- A' toirt piseach air tional dàta a thaobh sruth stuthan, cruthachadh sgudail agus buaidh cearcall-beatha nithean.
- A' co-obrachadh le solaraidhean gus piseach a thoirt air dealbhadh cearcallach agus roghainnean ceann beatha.
- Ag amalachadh breithneachaidhean na h-eaconamaidh cearcallaich ann an stiùireadh, trèanadh agus pròiseasan airson luchd-obrach.
- A' corpachadh co-thaobhadh ri ISO 59004 ann an aithriseadh air so-sheasmhachd san àm ri teachd.

Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil an dòigh-obrach againn ag atharrachadh ann an co-rèir ri deagh chleachdadh air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta.

6. Barantachadh gèillidh

Gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh ar gealltanasan a thaobh na h-eaconamaidh cearcallaich, tha sinn:

- A' dèanamh sgrùdaidhean cunbhalach air sgudal, ath-chuairteachadh agus pròiseasan manaidseadh sho-mhaoinean.
- Ag ath-sgrùdadh gèilleadh chùmhantaichean airson ath-chuairteachadh, tèarainteachd dàta agus ath-bhuannachadh ghoireasan.
- A' coileanadh dearbhaidhean air an taobh a-staigh a thaobh glèidheadh shlighean ath-chleachdaidh agus ath-chàrachaidh.
- A' cumail sùil air sruthan sgudail gus cothroman stiùireadh air falbh bho lìonadh-talmhainn a chomharrachadh.
- Ag aithris tron Phlana air Stiùireadh Àrainneachdail.



Tha barantachadh a' dèanamh cinnteach gu bheil cleachdaidhean cearcallach làidir, so-dhearbhadh agus gan cur an gnìomh gu h-èifeachdach.

7. Mapa cur an gnìomh

Bidh sinn a' leantainn oirnn a' leapachadh prionnsapalan na h-eaconamaidh cearcallaich tro mhapa cheumnaichte:

Ùine gheàrr (1–2 bhliadhna)

- A' leasachadh phròiseasan air an taobh a-staigh a thaobh ath-chleachdadh agus ath-chàrachadh.
- A' neartachadh bun-structar ath-chuairteachaidh agus tional dàta.
- A' meudachadh mothachadh luchd-obrach agus stiùireadh air cleachdaidhean cearcallach.

Ùine mheadhanach (3–5 bliadhna)

- A' meudachadh com-pàirteachadh sholaraichean air dealbhadh cearcallach agus sgeamaichean thoir-air-ais.
- A' leapachadh slatan-tomhais cearcall-beatha agus cearcallach ann an roinnean-seòrsa solarachaidh.
- A' cur am meud ath-bhuannachadh stuthan tro bharrachd sgaraidh agus coileanadh chùmhantaichean nas fheàrr.

Ùine fhada (5+ bliadhna)

- A' co-thaobhadh ann an dòigh nas iomlaine ri frèamaichean-obrach na h-eaconamaidh cearcallaich fo ISO 59004.
- A' toirt taic do dh'ùr-ghnàthachaidhean beag-charboin agus cearcallach ann an raon na mara.
- Ag amalachadh meatraigean na h-eaconamaidh cearcallaich ann an aithriseadh air so-sheasmhachd chorporra.

Tha am mapa seo a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' sìor-dhol air adhart gu modail nas cearcallaich agus nas èifeachdaiche a thaobh ghoireasan.



Roinn 11

Plana Ath-sheasmhachd Sìde agus Freagarrachadh don Ghnàth-shìde

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn ag obrachadh ann an cuid de na h-àrainneachdan mara as sian-bhuailtiche ann an Alba, far am faod pàtran an sìde atharrachail, barrachd tricead ann an stoirmean agus builean ceangailte ris a' ghnàth-shìde buaidh a thoirt air earbsachd sheirbheisean, bun-structar agus sàbhailteachd. 'S e adhbhar a' Phlana Ath-sheasmhachd Sìde agus Freagarrachadh don Ghnàth-shìde seo a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-obrachaidhean againn a' cumail orra a bhith sàbhailte, ath-sheasmhach agus so-fhreagrach fa chomhair chunnartan gnàth-shìde a tha a' nochdadh.

Tha am plana seo a' mìneachadh mar a tha sinn a' dèanamh measadh air cunnartan ceangailte ri sìde, a' cur an gnìomh ceumannan freagarrachaidh agus a' cumail suas leantainneachd seirbheise airson nan coimhearsnachdan a tha an eisimeil air na seirbheisean againn.

2. Amasan

'S e ar n-amasan a bhith:

- A' neartachadh ath-sheasmhachd shoithichean, phort agus obrachaidhean cladaich fa chomhair fìor dhroch shìde agus buaidhean na gnàth-shìde.
- A' comharrachadh agus a' lùghdachadh chunnartan ceangailte ri fìor-droch thìde, àrdachadh ann an àirde na mara agus atharrachadh gnàth-shìde fad-ùineach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil co-dhùnaidhean obrachaidh a' toirt fa-near ro-aithris mhionaideach, eòlas ionadail agus dàta fìor ama.
- A' toirt taic do cho-dhùnaidhean sàbhailte airson luchd-tadhail, criutha agus sgiobaidhean cala.
- A' co-thaobhadh ri poileasaidhean nàiseanta air freagarrachadh don ghnàth-shìde agus do fhèamaichean-obrach ath-sheasmhachd a tha aig ùghdarrasan ionadail.
- A' leasachadh gu leantainneach ullamhachd èiginn agus comasachd ath-bhuannachadh sheirbheisean.

Tha na h-amasan seo a' dèanamh cinnteach gu bheil ath-sheasmhachd sìde fhathast aig teismeadhan a' phlanaidh obrachaidh agus uallaichean àrainneachdail againn.

3. Measadh cunnart

Tha sinn a' dèanamh mheasaidhean cunnairt structaraichte gus am faod sinn tuigsinn cugallachdan fa chomhair droch shìde thar an lìonraidh. Tha seo a' gabhail a-steach:

- A' dèanamh measadh air mar a bhiodh gaothan àrda, suail, ceò, atadh tìde agus sìleadh-uisge trom a' toirt buaidh oirnn.



- Ag ath-sgrùdadh chunnartan an lùib shlighean sònraichte, leithid caolasan, slighean air àird a' chuain agus àrainneachdan docaidh sian-bhuailteach.
- A' comharrachadh chunnartan a tha gnàth-shìde a' dèanamh nas miosa, leithid tricead meudaichte airson stoirmean, bleith chostail agus ìrean na mara ag èirigh.
- A' dèanamh measadh air so-leòntachdan ann am bun-structar riatanach, a' gabhail a-steach leathadan-luinge, altan-aiseig agus cidheachan.
- A' beachdachadh air eadar-eisimeileachdan leithid solar lùtha, ceanglaichean còmhdhalach agus cothrom air puirt.
- A' cleachdadh dàta air coileanadh eachdraidheil airson comharrachadh a dhèanamh air slighean is puirt fon bhuidh as motha bho dhroch shìde.

Tha na toraidhean a' fiosrachadh planadh obrachaidh, co-dhùnaidhean tasgaidh agus ullamhachd èiginn thar a' chabhlaich agus phort.

4. Ro-innleachdan freagarrachaidh

Tha sinn a' cur an gnìomh raon de cheumannan freagarrachaidh gus cunnartan ceangailte ri sìde a mhaothachadh agus ath-sheasmhachd a leasachadh:

- **Ath-sheasmhachd obrachaidh:** ro-aithris nas fheàrr, clàran-ama daidhneamaigeach agus atharrachaidhean for-gnìomhach don t-seirbheis far a bheil feum orra ann.
- **Ath-sheasmhachd bun-structair:** a' comharrachadh far a bheil cidheachan, altan-aiseig, feandairean agus so-mhaoinean eile feumach air ath-ùrachadh airson seasamh ri sìde nas miosa.
- **Freagarrachadh a' chabhlaich:** a' dèanamh cinnteach gu bheil obair-ghlèidhidh air soithichean, breithneachaidhean dealbhadh agus roghainn uidheamachd a' toirt taic do choileanadh nas fheàrr ann an droch shìde.
- **Freagarrachadh àrainneachdail:** a' beachdachadh air fuasglaidhean stèidhichte air nàdar agus ceumannan dìon a' chosta, far a bheil sin buntainneach.
- **Leantainneachd gnothaich:** a' dèanamh cinnteach gu bheil planaichean teagmhaise agus ullachaidhean airson còmhdhail eile rim faotainn rè buaireadh seirbheise dona.
- **Planadh ath-sheasmhach a thaobh na gnàth-shìde:** a' corpachadh bhuidhean gnàth-shìde ro-mheasta ann am planadh fad-ùineach agus co-dhùnaidhean solarachaidh.

Tha na ro-innleachdan seo a' cuideachadh ann a bhith a' cumail sheirbheisean sàbhailte, earbsach ann an gnàth-shìde atharrachail.

5. Mapa

Tha am mapa freagarrachaidh againn a' toirt seachad dòigh-obrach cheumnaichte airson ath-sheasmhachd a neartachadh thar an lionraidh.

Ùine gheàrr (0–2 bhliadhna)

- A' neartachadh nan uidheaman a tha a' cumail sùil air an t-sìde agus gan amalachadh le co-dhùnaidhean obrachaidh.



- Ag ath-sgrùdadh chuibhreachaidhean obrachaidh airson shlighean sònraichte agus ag ath-ùrachadh chlàran cunnairt.
- A' meudachadh trèanadh luchd-obrach air ullamhachd droch shìde agus freagairt thuiteamasan.
- A' cur an gnìomh sa bhad leasachaidhean obrachaidh leithid conaltradh nas fheàrr rè buaireadh.

Ùine mheadhanach (3–5 bliadhna)

- A' libhrigeadh leasachaidhean bun-structair targaidichte do chidheachan, puirt agus slighean intrigidh tro chonaltradh le sealbhadairean bun-structair.
- A' toirt piseach air tional dàta fìor-ama air coir àrainneachdail.
- A' toirt taic do leasachaidhean do shiostaman cabhlaich a tha a' toirt piseach air ath-sheasmhachd (m.e. feandairean nas fheàrr, siostaman docaidh nas treasa).
- A' neartachadh obair com-pàirteachais le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean ath-sheasmhachd.

Ùine fhada (5+ bliadhna)

- A' leapachadh freagarrachadh gnàth-shìde ann an ath-ùrachadh a' chabhlaich agus planadh bun-structair mòr.
- A' co-thaobhadh cho-dhùnidhean fad-ùineach ri modaileadh nàiseanta air a' ghnàth-shìde agus ri ro-mheasaidhean costail.
- A' toirt taic do dh'iomairtean roinneil nas fharsainge airson freagarrachadh gnàth-shìde ann an coimhearsnachdan eileanach is costail.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan ath-sheasmhachd fhathast ion-amasach tro lèirmheas ùineach.

6. Gèilleadh agus ath-sgrùdadh

Tha na gnìomhachdan againn a thaobh ath-sheasmhachd sìde agus freagarrachadh gnàth-shìde a' co-thaobhadh ri:

- Prògram Freagarrachadh do dh'Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba.
- Frèamaichean-obrach ath-sheasmhachd ùghdarrasan ionadail agus roinneil.
- Achd Teagmhaisean Catharra (a thaobh planadh èiginn).

Tha sinn ag ath-sgrùdadh a' phlana seo gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' nochdadh:

- Saidheans gnàth-shìde a tha a' tighinn am bàrr.
- Leasain bho thuiteamasan ceangailte ri droch shìde.
- Measaidhean cunnairt ath-ùraichte.
- Atharrachaidhean ann an riatanasan riaghailteach.



- Leasachaidhean teicneòlach agus bun-structair.

Thathar ag ath-ùrachadh a' phlana mar phàirt den t-siostam stiùiridh àrainneachdail gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-obrachaidhean againn a' cumail orra a bhith ath-sheasmhach, sàbhailte agus a' co-thaobhadh ri amasan freagarrachadh gnàth-shìde nàiseanta.



Roinn 12

Plana Aithriseadh agus Coileanadh Àrainneachdail

1. Facal toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air aithriseadh àrainneachdail a tha trìd-shoilleir, mion-cheart agus creideasach thar a h-uile raoin. Tha aithriseadh àrainneachdail a' leigeil leinn gèilleadh reachdail a nochdadh, coileanadh a thracadh, leasachaidhean a chomharrachadh agus barantachadh a thoirt seachad do Chòmhdhail Alba, riaghlaidhean, luchd-ceannaich agus coimhearsnachdan.

Tha an roinn seo a' mìneachadh an fhrèam-obrach againn airson aithriseadh àrainneachdail, an reachdas agus riatanasan cùmhnantail a tha a' stiùireadh an aithrisidh againn agus na pròiseasan a tha sinn a' cleachdadh ann a bhith a' dearbhadh, ag ath-sgrùdadh agus a' leasachadh gu leantainneach coileanadh àrainneachdail.

2. Frèam-obrach gèillidh

Tha an t-aithriseadh àrainneachdail againn air a riaghladh le coimeasgadh de:

- Dleastanasan aithrisidh reachdail nàiseanta, a' gabhail a-steach aithriseadh air lùths agus eimiseanan.
- Riatanasan riaghailteach na mara agus àrainneachdail, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ceangailte ri eimiseanan shoithichean.
- Dleastanasan aithrisidh fo CHFS3.
- Pròiseasan riaghlachais air an taobh a-staigh airson monataireachd, dearbhadh agus ath-sgrùdadh.
- Riatanasan càileachd dàta air an leapachadh san t-Siostam Stiùiridh Àrainneachdail againn.

Tha na frèamaichean-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh àrainneachdail a tha sinn a' toirt seachad coileanta, mion-cheart agus a' co-thaobhadh ri deagh chleachdadh sa ghnìomhachas.

3. Aithriseadh reachdail agus cùmhnantail

Tha sinn a' coileanadh raon de riatanasan aithrisidh àithnteil, a' gabhail a-steach:

- Aithriseadh Sìmplichte air Lùths agus Carbon (SECR) airson eimiseanan agus cleachdadh lùtha buntainneach.
- Riatanasan aithrisidh fo MARPOL Leas-phàipear VI agus riaghailtean mara eile.
- Aithriseadh air sgudal, ath-chuairteachadh tachartasan truailidh agus comharran àrainneachdail eile.
- Riatanasan aithrisidh fo CHFS3, a' gabhail a-steach:
 - Fiosrachadh mu choileanadh àrainneachdail gach mìos agus gach ràith.



- Aithriseadh air tuiteamasan agus truailleadh.
- Cunntasan as ùr air planaichean gnìomha àrainneachdail.
- Geàrr-chunntasan air coileanadh àrainneachdail gach bliadhna.

Tha aithriseadh ga ghabhail os làimh tro shiostaman structaraichte air an taobh a-staigh, agus thathar ag ath-sgrùdadh agus a' dearbhadh an dàta leis an sgioba Àrainneachdail mus tèid a chur a-steach.

4. A' leasachadh aithriseadh saor-thoileach fon Sgeama Malairt Eimiseanan

Ged nach eil com-pàirteachadh raon na mara àithnteil ann an Sgeama Malairt Eimiseanan na Rìoghachd Aonaichte (UK ETS) an-dràsta, tha sinn gu for-ghnìomhach ag ullachadh airson riatanasan san àm ri teachd le bhith:

- A' dèanamh measadh air càileachd dàta eimiseanan fa chomhair slatan-tomhais ullamhachd an UK ETS.
- Ag ath-sgrùdadh phròiseasan air an taobh a-staigh airson dearbhadh agus so-lorgachd dàta.
- A' leasachadh dòighean-obrach air an taobh a-staigh a tha a' co-thaobhadh ri stiùireadh ETS a tha a' nochdadh airson raon na mara.
- A' cumail sùil air leasachaidhean poileasaidh agus a' com-pàirteachadh riaghlaichean agus bhuidhnean gnìomhachais.
- A' comharrachadh cheumannan obrachaidh a dh'fhaodadh taic a thoirt do ghèilleadh san àm ri teachd.

Tha an ullamhachd fhor-ghnìomhach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn deiseil a bhith a' coileanadh riatanasan aithrisidh no gèillidh fon ETS ma tha iad a' buntainn ri raon nan aiseagan.

5. Pròiseas ath-sgrùdaidh coileanaidh

Tha sinn ag ath-sgrùdadh a' choileanaidh àrainneachdail againn gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' gèilleadh, a' toirt taic do leasachadh leantainneach agus a' toirt seachad barantachadh thar na buidhne.

Tha am pròiseas ath-sgrùdaidh coileanaidh a' gabhail a-steach:

- Aithriseadh air coileanadh àrainneachdail gach mìos airson ath-sgrùdadh air an taobh a-staigh agus ath-sgrùdadh le Còmhdhail Alba.
- Mion-sgrùdadh air treandaichean ann am prìomh chomharran àrainneachdail, leithid cleachdadh connaidh, eimiseanan, sgudal, tuiteamasan truailidh agus coileanadh ath-chuairteachaidh.
- Ath-sgrùdadh le manaidsearan bhuidhnean-stiùiridh gach ràith gus measadh a dhèanamh air adhartas agus gnìomhan leasachaidh a chomharrachadh.
- Measadh air coileanadh àrainneachdail san fharsaingeachd gach bliadhna agus air co-thaobhadh ri amasan ro-innleachdach..



- Dearbhaidhean sgrùdaidh agus barantachaidh gus mionaideachd, coileantachd agus co-thaobhadh riaghailteach a dheimhinneachadh.

Tha builean ath-sgrùdaidh coileanaidh a' fiosrachadh chunntasan as ùr do phlanaichean àrainneachdail, modhannan obrachaidh agus prìomhachasan tasgaidh san àm ri teachd.

6. Gnìomhan leasachaidh leantainnich

Tha leasachadh leantainneach air a leapachadh san dòigh-obrach againn a thaobh stiùireadh àrainneachdail. Bidh sinn:

- A' cleachdadh dàta coileanaidh gus cothroman airson èifeachdas agus lùghdachadh eimiseanan a chomharrachadh.
- Gnìomhan ceartachail agus casgach a chur an gnìomh an dèidh sgrùdaidhean, tuiteamasan no neo-rèireachasan.
- Ag ath-sgrùdadh targaidhean, Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPIs) agus planaichean gnìomha gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheil iad fhathast buntainneach agus so-ruigsinn.
- A' neartachadh shiostaman dàta agus phròiseasan aithrisidh mar a tha feumalachdan obrachaidh ag atharrachadh.
- A' co-phàirteachadh deagh chleachdadh agus leasain ionnsaichte thar phort, shoithichean agus sgiobaidhean taice.
- A' com-pàirteachadh le com-pàirtichean, riaghlaidhean agus raon na mara nas fharsainge gus taic a thoirt do dh'ùr-ghnàthachadh agus ionnsachadh.

Tro leasachadh leantainneach, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-aithriseadh àrainneachdail againn fhathast làidir agus creideasach agus a' nochdadh ar gealltanais do stiùbhardachd àrainneachdail.



Roinn 13

Plana Lùghdachadh Sgudail

1. Facal-toisich

Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn an geall air sgudal a lùghdachadh thar a h-uile taobh de na h-obrachaidhean againn agus taic a thoirt do dh'eadar-ghluasad na h-Alba do eaconamaidh chearcallach agus goireas-èifeachdach. Tha am Plana Lùghdachadh Sgudail seo a' mìneachadh nan gnìomhan a tha sinn a' gabhail gus cruthachadh sgudail fhìor-lùghdachadh, piseach a thoirt air coileanadh ath-chuairteachaidh agus stuthan a làimhseachadh gu cunntasach air feadh an cearcaill-bheatha.

Tha am plana a' buntainn do luchd-obrach, cùmhnantaichean agus gnìomhachdan air fad agus tha e a' co-lànachadh a' Phlana Manaidseadh Sgudail agus a' Phlana Eaconamaidh Chearcallaich taobh a-staigh a' Phlana air Stiùireadh Àrainneachdail nas fharsainghe.

2. Targaidean sgudail

Gus taic a thoirt do leasachadh leantainneach, tha sinn air targaidean lùghdachadh sgudail a stèidheachadh a tha a' nochdadh nam fìorachdan obrachaidh thar an lìonraidh iomallaich agus eileanaich againn. Tha na targaidean seo a' gabhail a-steach:

- A' lùghdachadh an iomlain de sgudal iarmadach (coitcheann) air a chruthachadh thar shoithichean agus phort.
- A' meudachadh reataichean ath-chuairteachaidh, le ùmhlachd do bhun-structar ionadail agus comasachd chùmhantaichean.
- A' fìor-lùghdachadh nithean aon-turais, gu h-àraid plastaigean maotha agus stuthan neo-chuairteachail.
- A' meudachadh ath-chleachdadh no ath-uidheamachadh uidheamachd obrachaidh far a bheil sin comasach.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh 100% leis an Dleastanas Cùraim agus riatanasan a thaobh sgaradh agus làimhseachadh sgudail.

Thèid targaidean ath-sgrùdadh gach bliadhna gus dàta coileanaidh, atharrachaidhean chùmhantaichean agus faotainneachd bun-structar sgudail ionadail a nochdadh.

3. Coileanadh sgudail

Thathar a' cumail sùil air coileanadh sgrùdaidh thar an lìonraidh gus am faod sinn treandaichean a thuigsinn agus cothroman leasachaidh a chomharrachadh. Tha comharran coileanaidh a' gabhail a-steach:

- Uiread de sgudal iarmadach air a chruthachadh.
- Uiread de stuthan ath-chuairteachail air a thional (m.e., pàipear/cairt, plastaigean, tionnaichean, glainne).
- Co-rèir de sgudal a chaidh a chlaonadh air falbh bho lìonadh-talmhainn.



- Cruthachadh sgudail a rèir gach soitheach, gach port no gach neach-siubhail.
- Càileachd sgaradh sgudail (e.g., ìrean tar-thruaillidh).
- Aithriseadh chùmhantaichean air ath-chuairteachadh agus modhannan giollachd sgudail.

Dh'fhaodadh coileanadh atharrachadh eadar àitichean air sàilleibh dhiofaran ann an goireasan ùghdarras ionadail, obrachaidhean shoithichean, bun-structar coimhearsnachd agus comasachdan a' phuirt.

4. Seòrsaichean sgudail

Tha sgudal a chaidh a chruthachadh thar an lionraidh sa chumantas a' tuiteam ann an dà roinn-seòrsa: sgudal luchd-ceannaich agus sgudal obrachaidhean.

Sgudal luchd-ceannaich

Tha sgudal luchd-ceannaich air a chruthachadh tro sholaran-bìdh air bòrd, bathar so-chaitheamh rè siubhal agus gnìomhachdan luchd-siubhail. Tha prìomh fheartan a' gabhail a-steach:

- Uireadan mòra de stuthan ath-chuairteachail (botail phlastaig, tionaichean, pàipear/cairt).
- Ìrean atharrachail de thar-thruaillidh a rèir modh-giùlain luchd-ceannaich.
- Cothrom cuibhrichte aig luchd-ceannaich air ath-chuairteachadh mar thoradh air cuingealachdan fiosaigeach.
- Sgudal pacaididh bho obrachaidhean bùtha agus solair-bìdh air bòrd.

Tha ceumannan ann gus piseach a thoirt air manaidseadh sgudal luchd-ceannaich a tha a' gabhail a-steach:

- Puingean ath-chuairteachaidh soilleir airson luchd-ceannaich air soitheachan agus aig tèirminealan.
- Soidhnicean agus teachdaireachdan co-chòrdail gus cuidhteachadh ceart a bhrosnachadh.
- Meudachadh ann am pacaididh ath-chuairteachail ann an obrachaidhean solair-bìdh agus bùtha.
- A' cumail sùil air ìrean tar-thruaillidh agus ag atharrachadh dhealbhan-crutha no soidhnicean far a bheil feum ann air.

Sgudal obrachaidhean

Tha sgudal obrachaidhean a' gabhail a-steach na stuthan a chaidh a chruthachadh tro obair-ghlèidhidh shoithichean, obrachaidhean phort agus foincseanan rianachail. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach:

- Sgudal bho bhiadh agus obrachaidhean cidsin.
- Stuthan-glanaidh agus bathar so-chaitheamh.
- Olaichean, criathragan agus stuthan sùigteach.
- WEEE, bataraidhean agus solasan.
- Pàirtean a chòrr, pacaididh agus stuthan einnseanaireachd.



- Sgudal oifise (pàipear, inc, uidheamachd Teicneòlais Fiosrachaidh).

Thathar a' làimhseachadh sruthan sgudail obrachaidhean ann an co-rèir ri riatanasan laghail agus deagh chleachdadh, le sgudal cunnartach no speisealach air a thar-aiseag do ghoireasan giollachd ùghdarraichte.

5. Dùbhlain

Tha manaidsèadh sgudail thar roinn Chluaidh agus Innse Gall a' cur aghaidh air grunn dùbhlain air leth ceangailte ri cruinn-eòlas, bun-structar agus riatanasan seirbheise.

Cuingealachdan cùmhnantail

Tha taobhan de choileanadh sgudail agus ath-chuairteachaidh fo bhuidh fhactaran a tha taobh a-muigh ar smachd, leithid:

- Faotainneachd sheirbheisean ath-chuairteachaidh aig puirt treas-pàrtaidh.
- Riatanasan ann an liosan phort no ann an ullachaidhean an ùghdarrais calaidh.
- Cuingealachdan bun-structair aig seann phuirt.
- Riatanasan seirbheise a tha feumach air sùbailteachd airson làimhseachadh sgudail.

Far a bheil ullachaidhean cùmhnantail a' cuingealachadh lùghdachadh sgudail, tha sinn ag obair le com-pàirtichean gus roghainnean eile a lorg.

Co-dhùnaidhean riaghaltais

Faodaidh atharrachaidhean ann am poileasaidh sgudail nàiseanta no ionadail buaidh dhìreach a thoirt air na roghainnean ath-chuairteachaidh no giollachd sgudail a tha rim faotainn. Dh'fhaodadh iad gabhail a-steach:

- Sgeamaichean dleastanas leudaichte an luchd-dèanaimh air an rolaigeadh a-mach (no air an dàileachadh) gu nàiseanta.
- Atharrachaidhean do chùmhnantan ùghdarraisan ionadail no do stuthan ris a bheilear a' gabhail.
- Dàlaichean no atharrachaidhean do sgeamaichean fad is leud na h-Alba leithid Sgeama Ath-thilleadh Eàrlais.
- Atharrachaidhean ann am poileasaidh a tha a' toirt buaidh air comas lùths à sgudal no faotainneachd lìonaidh-talmhainn.

Bidh sinn a' leantainn oirnn a' cumail sùil air leasachaidhean poileasaidh agus a' freagarrachadh phlanaichean don rèir.

Cùisean sgudail sònraichte do phuirt

Tha bun-structar sgudail thar choimhearsnachdan eileanach agus mòr-thìreach iomallach glè chaochlaideach. Tha dùbhlain a' gabhail a-steach:

- Comas ath-chuairteachaidh cuingealaichte aig puirt bheaga eileanach.
- Atharrachaidhean ràitheil ann an uiread de sgudal.



- Àite cuingealaichte airson sgudal a sgaradh, gu h-àraid air seann shoithichean agus tèirminealan nas lugha.
- Caochlaideachd ann am faotainneachd chùmhhnantaichean agus shlighean giollachd.
- Diofaran a thaobh nan stuthan ris an gabhar no clàran-ama tionail thar ùghdarrasan ionadail.

Far a bheil cuingealachdan ann, tha modh pragmatach againn, a' cur fòcas air leasachaidhean so-ruigsinn fhad 's a thathar ag agairt airson fhuasglaidhean sgudail roinneil nas fheàrr.